Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Dihaoine 28 Gearran 2014 @ 1.00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis bho 1.00f Dihaoine 28 Gearran 2014

Clàr Chùisean

1.2014.01	**CÙISEAN TÒISEACHAIDH**	
(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Fàilte air buill ùra a' Bhùird agus taghadh oifigearan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
1.2014.02	**CÙISEAN LEASACHAIDH**	
(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2013 agus 2014	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(c)	Còig Latha agus Sgoil Shamhraidh Dràma	Aithris airson Fiosrachaidh
(d)	Fèisgoil	Airson Fiosrachaidh
(e)	Plana Leasachaidh 2010-15	Aithris airson Fiosrachaidh
1.2014.03	**CÙISEAN IONMHASAIL**	
(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2013-14	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Ràitheil gu 31 Dùbhlachd 2013	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Dreach bhuidseat gu 31 Màrt 2015	Airson Aontachaidh
(e)	Tabhartasan nam Fèisean 2013-14	Airson Fiosrachaidh
(f)	Tabhartasan nam Fèisean 2014-15	Airson Aontachaidh
(g)	Ùrachadh air an aonta le Alba Chruthachail 2014-15	Airson Aontachaidh
1.2014.04	**CÙISEAN POILEASAIDH**	
(a)	Dreach Phoileasaidh Gàidhlig le ùrachaidhean	Airson Deasbaid agus Aontachaidh
1.2014.05	**CÙISEAN LUCHD-OBRACH**	
(a)	Molaidhean airson structur luchd-obrach	Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(b)	Neach ceumnachaidh	Aithris airson Fiosrachaidh
1.2014.05	**CÙISEAN GNÌOMHAIL**	
(a)	Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
1.2014.07	**EILE**	
(a)	Ceann-làithean choineamhan sa bhliadhna ri teachd	Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis Dihaoine 13 Dùbhlachd 2013 bho 11.30m

4.2013.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Donnchadh MacGuaire, Mairead Chamshron, Fiona NicIain, Ùisdean Robasdan, Bernard Bell, Peigi NicIllFhinnein, Seònaid NicDhòmhnaill, an Comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Dougie Beck (an làthair – ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE), Elaine Spence.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 27 Sultain 2013 a sgaoileadh.

Mhol Ùisdean Robasdan gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Seònaid NicDhòmhnaill a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Fèis Bhlas 2013: Thuirt Art MacCarmaig gun robh sinn fhathast a' feitheamh ri fios bho Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh Pròg ram nan Sgoiltean a chaidh a chumail mar phàirt de dh'Fhèis Bhlas. Bhathar an dùil gum faigheamaid am fiosrachadh sin an ath sheachdain agus thèid pàipear ullachadh leis na figearan iomlan airson na h-ath choinneimh den Bhòrd.

4.2013.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu deireadh a' chiad leth de 2013-14, a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Tha na Cèilidhean air Chuairt air a bhith air leth soirbheachail am-bliadhna. Chaidh seachd dhiubh a chumail agus chaidh tachartasan sònraichte a chumail mar phàirt de dh'fheadhainn dhiubh, leithid A' Chuirm-chiùil taobh Loch Laomainn.

Fhuaras maoineachadh a bharrachd luach £20,000 bho Riaghaltas na h-Alba, naidheachd a chaidh fhoillseachadh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail. B' ann airson Fèisgoil a bha £10,000 dheth, agus bha an £10,000 eile airson dràma sna h-àrd-sgoiltean.

Bha Art MacCarmaig agus Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air taisbeanadh a dhèanamh do Bhòrd na Gàidhlig gus innse dhaibh mun adhartas a bhathar a' dèanamh a thaobh nam pròiseactan againn, mu phròiseactan a tha air fàire, agus mar sin air adhart. Tha sinn an-dràsta a' feitheamh ri fios bhuapa a thaobh dè am maoineachadh a gheibh sinn bhuapa san ùine a tha romhainn.

Tha Art MacCarmaig agus Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air coinneachadh ri Ann Marie Reid bho HIE bho chaidh an aithisg ullachadh. Tha HIE an dùil rannsachadh a dhèanamh, ro dheireadh na bliadhna ionmhais, air a' bhuaidh a th' aig Fèisean nan Gàidheal air an eaconamaidh.

(b) "Time to Shine": Ro-innleachd Ealain Nàiseanta airson Òigridh

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig, mun Ro-innleachd Ealain Nàiseanta ùr airson Òigridh a chaidh a chur air bhog san t-Samhain, a sgaoileadh. Tha iomradh air Fèisean nan Gàidheal, agus an obair bhuadhmhor a tha sinn a' dèanamh, san ro-innleachd agus san Fhacal-toisich bho Rùnaire a'

Chaibineit.

Tha Alba Chruthachail a' dol a dhèanamh tuilleadh ath-sgrùdaidh air ionmhas ann an 2014 agus bu chòir gum bi an ro-innleachd na cuideachadh mòr do dh'Fhèisean nan Gàidheal nuair a tha dearbhadh a dhìth air luach ar n-obrach agus Alba Chruthachail a' beachdachadh air maoineachadh san àm ri thighinn.

Thug am Bòrd fa-near dhan ro-innleachd, "Time to Shine", agus dha na cothroman a bhios ann do dh'Fhèisean nan Gàidheal cuideachadh le bhith cur na ro-innleachd an gnìomh.

(c) Fèisgoil

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh, le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air an obair a bha ga dèanamh an-dràsta gus seirbheisean Fèisgoil a shanasachd agus a lìbhrigeadh, agus le liosta de na pròiseactan a chaidh a thoirt gu buil agus de na pròiseactan a tha fhathast ri tachairt.

Bha dùil ann gun tòisicheadh dà phròiseact, a dheigheadh a chumail ann an co-bhuinn ri Comhairle na Gàidhealtachd, as t-Earrach 2014, aonan ann am Bun-sgoiltean Ghallaibh, agus am fear eile ann an sgoiltean a' Ghearasdain far am biodh leasanan Gàidhlig air an toirt seachad don chloinn thairis air 10 seachdainean.

Cuideachd bha còmhraidhean a' leantainn le Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid mu phròiseactan a dh'fhaodadh tachairt sna sgìrean acasan.

Bha Calum Ailig air a bhith aig seiminear o chionn ghoirid a chùm Bòrd na Gàidhlig air Planaichean Gàidhlig. Bha e air taisbeanadh a dhèanamh do bhuidhnean poblach, far an do dh'inns e dhaibh mu na dòighean san urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal agus Fèisgoil an cuideachadh gus na planaichean aca a thoirt gu buil.

Thathar a' cumail 15 bùithtean-obrach aon-latha do na Cruinneachaidhean Nàiseanta (NMS) a bheir trèanadh don luchd-obrach aca, trèanadh a bhios a' neartachadh mothachadh air a' Ghàidhlig nam measg.

Tha an obair uile a nì Fèisean nan Gàidheal ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach Iomairt Chiùil na h-Òigridh, a-nis gu bhith fo bhratach Fèisgoil.

Bha am Bòrd air leth toilichte cluinntinn mu mar a bha Fèisgoil air soirbheachadh.

(d) Cuairt a' Phanto

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig, mun Phanto a chaidh air chuairt o chionn ghoirid, a sgaoileadh. Dh'inns Dougie Beck gun do mhair a' chuairt 8 latha agus gum faca clann bho 15 sgoiltean am Panto, agus gun deach dà thachartas a chumail far am faodadh am mòr-shluagh am Panto fhaicinn cuideachd.

Chòrd am Panto, a sgrìobh Aonghas MacLeòid, ri daoine gu mòr agus chaidh meal-a-naidheachd a chur air a h-uile duine a bha an sàs ann.

Chlàr an sgioba mheadhanan aig CNES am Panto nuair a chaidh a shealltainn ann an Sgoil Lacasdail agus tha iad a' dol a chur lethbhreac dhan a h-uile sgoil sna h-Eileanan Siar. Cuideachd, nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach gun tèid a chur air ar t-sianal YouTube agus bidh ceangal ri sin air ar làrach-lìn feuch am faigh a h-uile duine cothrom fhaicinn ma tha iad airson.

4.2013.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is cosgais 2013-14

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a'

sealltainn a' Bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal, agus e a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg gu 30 Samhain 2013.

Thugadh fa-near dha mar a bha cosgaisean àrda ann airson Dìon Chloinne, ach 's e a dh'adhbharaich sin gun robh againn ri àireamh mhòr de dh'oidean a chlàradh airson an Sgeama PVG ùir.

Bha beagan chosgaisean calpa ann a dh'èirich bho bhith ceannach choimpiutairean is proiseactaran ùra, ach bha againn fhathast ri maoineachadh a bharrachd airson pròiseactan calpa, a ghlèidh sinn, a chur mu choinneamh cuid de na cosgaisean sin.

Bha sùim luach £4,540 air a chur sìos fo thurchairtean. B' e iasad do dh'Fhèis Chataibh a bh' anns a' chuid as motha den t-sùim seo, a fhuair iad fhad 's a bha iad a' feitheamh ri maoineachadh. Bha iad air an t-airgead sin a phàigheadh air ais do dh'Fhèisean nan Gàidheal a-nis.

Thug Buill a' Bhùird fa-near dhan aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £14,600.97
- Cunntas Àrd-rèidh - £387,302.83
- Cunntas Bhlas - £10,259.02

Thuirt Anne Willoughby gu robh sinn dìreach air am maoineachadh bho LEADER airson nan Cèilidhean air Chuairt ann an 2012-13 fhaighinn. Tha sinn fhathast a' feitheamh ri maoineachadh bho LEADER Earra-Ghàidheal airson 2012-13.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2013

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2013 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu ruige seo.

Chaidh aithris gu bheil CnES a-nis ag iarraidh air Fèisean pàigheadh gus sgoiltean a chleachdadh airson nan clasaichean aca agus airson na Fèise fhèin a chumail. B' e cosgais mhòr a bharrachd a bha seo nach deach a chur sìos ann an cuid de bhuidseatan. Tha Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air a bhith bruidhinn ris a' chomhairle mun chùis.

Thuirt Art MacCarmaig gun robh seo air a bhith tachairt le comhairlean eile, agus thuirt e ma bha e ag adhbharachadh dhuilgheadasan ionmhasail do dh'Fhèisean dh'fhaodadh gum biodh maoineachadh a bharrachd ri fhaotainn an-dràsta no faisg air deireadh na bliadhna ionmhais gus na Fèisean a chuideachadh.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(e) Atharraichean air an t-Seirbheis Banca bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc

Aig coinneamh san t-Sultain, bha am Bòrd air aontachadh goireas bancaidh air-loidhne leasaichte bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc a chleachdadh. Gu mì-fhortanach, nuair a chaidh na foirmichean, a chaidh a shoidhnigeadh, a thilleadh chun a' bhanca, thugadh an aire gum b' e na foirmichean ceàrr a thugadh dhuinn. Bha sinn a-nis air na foirmichean ceart fhaighinn.
Dh'aontaich am Bòrd an goireas air-loidhne leasaichte a chleachdadh agus sin a chlàradh sa gheàrr-chunntas mar a leanas:

Gu Banca Dhail Chluaidh Plc (leis na h-ainmean malairt 'Banca Dhail Chluaidh' agus 'Banca Siorrachd York') ('am Banca')

Tha mise, Fiona NicIain, Urrasair airson Fèisean nan Gàidheal a tha clàraichte fon àireimh SC130071 (an "neach-cleachdaidh") a' dearbhadh gun do bheachdaich Bòrd Stiùiridh a' Chompanaidh air na Teirmean is Cumhachan airson na seirbheis bancaidh, 'Gnothachasan Air-loidhne', aig a' bhanca agus dh'aontaich iad:- (i) gun robh e gu buannachd a' Chompanaidh na cunntasan banca don Luchd-cleachdaidh agus na Rianairean Corporra, a tha sgrìobhte san fhoirm chlàraidh airson na seirbheis 'Gnothachasan Air-loidhne', a mholadh agus gabhail ris na Teirmean is Cumhachan: agus (ii) ùghdarras a thoirt do stiùiriche no don rùnaire no neach-ceadachaidh ùghdarraichte eile nithean a dhèanamh fo chumhachan an fhoirm chlàraidh an lùib na seirbheis bancaidh, 'Gnothachasan Air-loidhne', aig a' Bhanca agus fo eàrr-chumha sam bith a bhios ann. Chaidh aontachadh ris an rùn a thug seachad an t-ùghdarras sin aig coinneamh dhligheach de Bhòrd Stiùiridh a' Chompanaidh a chaidh a chumail san dòigh cheart le quorum agus aig an robh làn bhuaidh.

Chaidh làmh a chur ris na sgrìobhainnean iomchaidh le Fiona NicIain (rùnaire a' chompanaidh) agus 4 urrasairean.

4.2013.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Dreachd phoileasaidhean: Ag innse mu Dhraghan agus An Aghaidh Bhrìbeireachd

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gun dealbhadh Fèisean nan Gàidheal poileasaidhean airson Innse mu Dhraghan agus An Aghaidh Bhrìbeireachd.

Chaidh dreachd den Phoileasaidh airson Innse mu Dhraghan, a chaidh ullachadh le Iona NicDhòmhnaill, a sgaoileadh agus chaidh aontachadh ris.

Chaidh dreachd den Phoileasaidh an Aghaidh Bhrìbeireachd, a chaidh ullachadh le Iona NicDhòmhnaill, a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird, ach chaidh atharraichean a dhèanamh air a' phoileasaidh às dèidh sin le Art MacCarmaig, agus chaidh dreachd ùr den Phoileasaidh a sgaoileadh am measg nam Ball air post-d.

Chaidh aontachadh gabhail ris a' phoileasaidh ann am prionnsapal, ach bha Buill a' Bhùird ag iarraidh barrachd ùine gus coimhead gu mionaideach air a' phoileasaidh. Bu chòir beachdan sam bith air an dreachd den Phoileasaidh a chur gu Art MacCarmaig ro dheireadh an Fhaoillich. Mura faighear gin a bheachdan air a' phoileasaidh, bithear a' gabhail ris gun d' fhuaras aonta air a shon.

Thèid na dreachdan deireannach de na poileasaidhean eadar-theangachadh agus bidh iad rim faotainn air an làrach-lìn againn.

Dh'fhaighnich Donnchadh MacGuaire an robh poileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal gus dèiligeadh ri Tìde Dheth na(n) Àite (TOIL). Thuirt Art gun robh airson ùine mhòr agus dh'aontaich e lethbhreac a chur gu Donnchadh mar fhiosrachadh.

4.2013.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

(b) Neach-trèanaidh agus Oifigearan Leasachaidh

- Chuir Art MacCarmaig an cuimhne Buill a' Bhùird, gun deach aontachadh, aig a' choinneimh mu dheireadh, gum fastadh Fèisean nan Gàidheal Neach-trèanaidh airson nam Meadhanan Cruthachail is Didseatach. Ge-tà, às dèidh dhuinn sanasan a sgaoileadh, cha d' fhuaras an uiread luchd-iarrtais ris an robh dùil agus mar sin chaidh aontachadh gun an dreuchd seo a stèidheachadh aig an àm seo. Tha sinn a' coimhead air cothroman eile tron sgeama greisean gnìomhachais aig HIE, agus 's e a' chiad nì a dh'fheumas Fèisean nan Gàidheal a dhèanamh fon sgeama sin, tuairisgeul a dhèanamh air na sgilean a bhitheamaid a' sùileachadh bho

luchd-iarrtais a bhiodh a' cur a-steach airson na greis gnìomhachais.

- Chaidh aithris gun robh Cairistìona Nic an t-Saoir, an t-Oifigear Leasachaidh airson Earra-Ghàidheal, air a dreuchd a leigeil dhith agus stad i a dh'obair do dh'Fhèisean nan Gàidheal san t-Samhain. Bha Jenna Mhoireasdan, an t-Oifigear Leasachaidh airson nan Eilean Siar, air co-dhùnadh a dhèanamh gun tilleadh a dh'obair nuair a thàinig am fòrladh màthaireil aice gu ceann. Thug am Bòrd taing dhan dithis aca airson an obair a rinn iad thar nam bliadhnaichean.

  Às dèidh do Chairistìona a dreuchd a leigeil dhith, bha Art MacCarmaig air ceisteachan a chur gu Fèisean ann an Earra-Ghàidheal gus beachd fhaighinn bhuapa air an t-slighe air adhart, feuch an robh iad ag iarraidh oifigear a chumail san sgìre aca, agus ma bha, an e dreuchd làn-thìde no pàirt-thìde a bu chòir a bhith ann, agus dè na dleastanasan a bha iad a' smaoineachadh bu chòir a bhith aig an oifigear agus ceistean eile. Tha e a' dol a dhèanamh an aon rud a-nis airson nan Eileanan Siar.

  Chaidh aontachadh math dh'fhaodte gur e deagh àm a tha seo coimhead air na h-uallaichean is dleastanasan a th' aig na h-Oifigearan Leasachaidh feuch a bheil structar ùr a dhìth.

  Thèid aithisg air seo ullachadh airson coinneamh a' Bhùird sa Ghearran gus bruidhinn mun chùis. San eadar-ama cumaidh Seòna Nic a' Mhaoilein oirre ag obair sna h-Eileanan Siar air cùmhnant a tha a' dol bho mhìos gu mìos agus bidh Art MacCarmaig agus Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a' cumail taic ri Fèisean ann an Earra-Ghàidheal.

(c) A' Taghadh Buill Ùra: Fiosrachadh ùr

Às dèidh na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd chaidh pàipearan a chur chun a h-uile Fèis ag iarraidh molaidhean airson Buill ùra - triùir bho roinn na Gàidhealtachd, aonan bho Earra-Ghàidheal, agus dithis Bhall eile bho sgìrean eile.

Bhon uair sin tha sinn air dà mholadh fhaighinn airson nan sgìrean "eile", dà mholadh airson Earra-Ghàidheal agus mar sin feumaidh taghadh a bhith ann, agus cha d' fhuaras ach aon mholadh airson roinn na Gàidhealtachd.

Tha Art MacCarmaig a' dol a bhruidhinn ris na Fèisean a-rithist feuch an cuir iad a-steach barrachd mholaidhean airson na Gàidhealtachd agus cuiridh e taghadh air dòigh airson Earra-Ghàidheal.

Chaidh aontachadh gum fuiricheadh na Buill a th' ann an-dràsta air a' Bhòrd gus am bi a' choinneamh sa Ghearran ann, agus thathar an dòchas gum bi na Buill ùra air am fastadh an uair sin.

4.2013.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Thèid an ath choinneamh den Bhòrd a chumail ann an Inbhir Nis Dihaoine 28 Gearran 2014. Bidh seisean sa mhadainn ann airson Buill ùra agus an uair sin thèid coinneamh a' Bhùird fhèin a chumail.

Thug Catrìona Nic an t-Saoir taing dhan a h-uile duine a bha an làthair agus do Dougie Beck airson a bhith ag eadar-theangachadh. Agus chrìochnaich i a' choinneamh le bhith guidhe Nollaig Chridheil is Bliadhna Mhath Ùr dhan a h-uile duine!

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2014.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne thairis air a' chiad naoi mìosan de 2013-14.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean agus 31 Dùbhlachd 2013 a' sealltainn builean mu choinneimh dhleasdanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'iarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

		Dleastanas ann am Plana FnG	Adhartas	Ìre
Builean Alba Chruthachail				
AC1	Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh.	
AC2	Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal.	
AC3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2013-14 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
AC4	Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Fhuair Fèis Fhoirt taic le tachartas aig Loch Laomainn cuide ri Karen NicMhathain san luchar. Tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Fèis an Earraich	

			airson taic le pròram chlasaichean taobh a-muigh na clasaichean àbhaisteach aca.	
AC5	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn an-dràsta ag ùrachadh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne agus bidh e air beulaidh a' Bhùird sa Ghearran 2014 airson aonta. Nì sinn a h-uile oidhirp cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh sa bhuidhinn againn fhìn agus anns na Fèisean. Chaidh fios do gach Fèis mu cho cudromach 's a tha cleachdadh na Gàidhlig agus gu bheil taic ann an cuideachadh le seo.	
AC6	Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma	Leasachaidhean Ùra	Bha Meanbh-Chuileag air chuairt le dealbh-chluich ùr stèidhichte air beatha John Muir tràth ann an 2013-14. Faicibh BnG10 gu h-ìosal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chaidh a chumail san luchar.	
AC7	Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile	Leasachaidhean Ùra	Shoirbhich a-rithist le tachartas còmhnaidheach, Còig Latha, a chaidh a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2013 far an robh 17 deugairean ag ionnsachadh ceòl is seinn agus cuideachd a' dol an sàs ann an diofar obraichean is chur-seachadan ann an coimhearsnachd Ghàidhlig, leithid fighe, seòladh, obair croitearachd, gearradh mòna is còcaireachd.	
AC8	Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thug an Sgioba-G taic a thaobh na Gàidhlig do 8 Fèisean am-bliadhna gu ruige seo.	
AC9	A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra	Chaidh coimisean a thoirt do Bhlair Douglas, fear-ciùil bhon Eilean Sgitheanach, òran ùr a sgrìobhadh a thèid a chleachdadh aig grunn Fhèisean mar chomharra air na Geamaichean Cho-fhlaitheis agus Bliadhna an Tilleadh Dhachaigh ann an 2014. Tha sinn a' cumail chòmhraidhean mu phròiseact eile na co-cheangailte ris na Geamaichean Cho-fhlaitheis a bhrosnaicheas òrain ùra cuideachd.	
AC10	A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin	Leasachaidhean Ùra	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir air taic-airgid a thabhann son seo agus tha sinn ag obair ann an co-bhonn ri Tobar an Dualchais air a' phròiseact Fuaran. Tha sinn air a bhith a' crìochnachadh chùmhnant le HLP agus bidh sinn ann an suidheachadh òigridh a tharraing airson pàirt a ghabhail le sùil ri trèanadh a chur air dòigh san t-Sultain.	
AC11	A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha obair ICO ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd a' dol air adhart a-rithist sa bhliadhna sgoile 2013-14. Chuir sinn bhideoan de ar n-obair ann an sgìre Chomhairle na Gàidheatachd air ar seanail YouTube agus ghabhadh coimhead orra tron làrach-lìn againn. Tro Fèisgoil, fhuair sinn cùmhnant ùr bho Chomhairle Rinn Friù airson 38 seachdainean agus thòisich sinn a' teagasg na fideig sna sgoiltean aca san Lùnastal.	
AC12	Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a'	Leasachaidhean	Tro Fèisgoil, tha sinn air a bhith a' cur air adhart obair le sgoiltean agus	

	neartachadh foghlam Gàidhlig	Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	buidhnean coimhearsnachd. Tha sinn air a bhith a' teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean Pheairt is Cheann Rois. Tha sinn air a bhith a' cuideachadh le ullachadh airson mòdan ionadail agus chùm sinn Meanbh-Fhèisean ann am Bun-sgoil Chaileanaich agus Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha sinn air cùmhnantan aontachadh le Comhairle na Gàidhealtachd airson Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean Ghallaibh is Loch Abar bhon Fhaoilleach 2014. Tha Comhairle Baile Ghlaschu air ùidh a shealltainn san t-seibheis Fèisgoil airson Gàidhlig a theagasg ann an suas ri 20 sgoil sa bhaile.	
AC13	Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta	Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chuir sinn trèanadh air dòigh los gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an clasaichean nam Fèisean agus chum sinn cùrsaichean a airson daoine a bha a' gabhail pàirt sna Cèilidhean air Chuairt. Tha earrann ùr ga chur air ar làrach-lìn far am faigh daoine braithrachas co-cheangailte ri ceòl a chluich agus ga lìbhreagadh air beulaibh dhaoine. Faicibh InG6 gu h-ìseal airson fios mu thrèanadh son luchd-teagaisg.	
AC14	Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Bha còmhraidhean againn le Alba Chruthachail mu Ro-innleachd Ealain na h-Òigridh. Dh'obraich sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart is bidh sinn ag obair còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig is buidhnean eile gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air dràma Ghàidhlig. Bidh sinn a' co-obrachadh le Highlife Highland air Prògram nan Sgoiltean airson Blas agus leis a' Chomunn Gàidhealach ag ullachadh chloinne airson mòdan ionadail. Bidh sinn an sàs ann an còmhraidhean le grunn bhuidhnean ealain stèidhichte air a' Ghàidhealtachd mu Hub Ealain Òigridh.	
AC15	Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh taic-airgid bhon roinn phrìobhaideach ged is e obair dhuilich a tha seo. Cha deach leinn goistidheachd fhaighinn airson Blas 2013. Tha Manaidsear Leasachaidh na buidhne air a bhith a' conaltradh ri companaidh bho chionn greis a dh'fhaodadh a bhith taiceil. Bidh sinn a' feuchainn a-rithist son 2014.	
AC16	Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Bidh sinn a' reic bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consairtean nam Fèisean is tachartasan eile. Bidh sinn a' cur sùil ri cuid de na goireasan againn fhoillseachadh ann an	

			cruth didseatach a ghabhadh a reic air-loidhne.	
AC17	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Ghabh na Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Lochabair agus Fèis Fhoirt pàirt ann an cuirm shònraichte le Karen NicMhathain san luchar. Ghabh na Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Rois pàirt ann an grunn fhèisean cliùiteach, nam measg Iomall Fèis Dhùn Èideann. Bha na Cèilidhean air Chuairt a' cluich aig geamaichean eadar-nàiseanta iomain san Dàmhair/Samhain. Chaidh an còmhlan aig Mischa Nic a' Phearasin, triùir a choinnich tro Chèilidh air Chuairt Fèis Rois, a chur air adhart son duais anns na Duaisean Ciùil Traidiseanta aig Radio 2. Tha ìomhaigh nam Fèisean anns na Meadhanan aig ìre mhath agus tha sinn fhìn a' sgaoileadh naidheachdan gu cunbhalach a tha ri fhaicinn an seo http://www.feisean.org/ga/naidheachdan/index.php.	
AC18	Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròg ram a' coileanadh an amais seo. Tha a' mhòr chuid den obair choiteachaidh sam bi sinn an sàs ag amas air leasachaidhean anns na h-ealain Ghàidhlig adhartachadh. Bha sinn an sàs ann an leasachadh na ro-innleachd 'Time to Shine' a dh'fhoillsch Alba Chruthachail bho chionn greis agus tha an Ceannard an sàs a' cruthachadh an ath Phlana aig Alba Chruthachail mar bhall de bhuidheann comhairliche.	
AC19	Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh Blas 2013 air adhart san t-Sultain agus bha fèis shoirbheachail againn le 50 cuirm agus barrachd air 50 tachartas eile ann an coimhearsnachdan. Bha bàird is luchd-ciùil a Èirinn air Cuairt nam Bàrd a fhuair taic bho Cholmcille. Bha comisean ùr, 'Boraraig', againn bho Chalum MacCruimein agus Eun Beag Chanaidh le Theatar Nàiseanta na h-Alba. Bha Cèilidhean Taighe againn agus co-bhonntachd le Chomhairle nan Leabhraichean a chuir sgrìobhadairean air dòigh aig cuid de na cuirmean. Bha FilmG a' sealltainn cuid de na filmichean aca. Uile gu lèir bha 15,428 ga frithealadh.	
AC20	A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt	Leasachaidhean Ùra	Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2013 agus chluich iad aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bha Fèis Rois a' cumail pròg ram farsaing de Trad Trails a-rithist, a thuilleadh air dà bhuidheann Cèilidh air Chuairt aca. Bha cuirm shònraichte aig Loch Laomainn le Karen NicMhathain, Fèis Fhoirt agus Fèis Lochabair.	
AC21	A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh Fèisean nan Gàidheal an sàs ann an lìbhrigeadh Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a tha na phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Bidh àite aig Fèisean nan Gàidheal ann a bhith lìbhrigeadh pàirtean dhe sin	

			mar: a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain is sna meadhanan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta; a' cumail taic ri cothroman far am bi na h-ealain is meadhanan a' togail ìomhaigh na Gàidhlig; a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig farsaingeachd de dhaoine air diofar thachartasan ealain Gàidhlig; agus a' cur am meud nan cothroman a dhol an sàs sna h-ealain ann an suidheachaidhean a chuidicheas le bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig agus a chòrdas ri daoine. Rinn sinn taisbeanadh bho chionn greis do bhuidheann-stìuiridh Bhòrd na Gàidhlig a' mìneachadh nan dòighean sa bheil ar program-obrach a' lìbhrigeadh amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Faicibh BnG18 gu h-ìseal mu chonaltradh leis an Oifigear Ealain is Cultarail.	
AC22	A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact. Faicibh BnG2 gu h-ìseal.	
AC23	Co-labhairt Bhliadhnail a chumail	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh Co-labhairt 2013 a chumail ann an Dùn Èideann air 27 is 28 Sultain. Bha Fiona Hyslop BPS, Rùnaire a' Chaibineit son Cultair agus Janet Archer, Ceannard Alba Chruthachail, a' bruidhinn aice.	
AC24	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh	Leasachaidhean Ùra	Taobh a-staigh nam buidseatan againn tha sinn a' toirt taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois. Bidh sin nag obair cuide ri Fèis Spè ann an oidhirp ionmhas fhaighinn airson leasachaidhean a mhaoineachadh. Thèid coinneamh a chur air dòigh eadar Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Comhairle nan Gàidhealtachd agus sinn fhìn, airson còmhradh mu shlighe air adhart.	
AC25	A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Bu chòir do na Fèisean a bhith nas for-ghnìomhach a dhèanamh cinteach gu bheil fhios aig an luchd-teagaisg mun phròiseas agus bheireadh na h-Oifigearan Leasachaidh taic dhaibh le seo.	
AC26	A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr	Lìbhrigeadh	Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus	

	mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd		Sheirbheisean	chaidh rannsachadh a dhèanamh an-uiridh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean. Tha buaidh air a bhith aig toraidhean an rannsachaidh sin air ar modhan-obrach. Tha sinn cuideachd a' measadh ar n-oidean YMI, a' sealltainn orra sna sgoiltean, gus na comasan aca a mheasadh agus gus moladh dhaibh ciamar a b' urrainn dhaibh piseach a thoirt air na dòighean-teagaisg aca. Thèid measadh bhon taobh a-muigh a dhèanamh bho àm gu àm air obair Fèisean nan Gàidheal le buidhnean a tha cur airgead an seilbh na h-obrach sin.			
Fiosrachadh Àireamhail							
Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE	57.9	Teachd-a-steach bho mhalairt	£737,184	Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh	1	Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais	6
Tabhartasan do dh'Fhèisean	£210,899	Cosgais iomlan obair nam Fèisean	£648,920	Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean	£438,021	Stòrais ùra a nì teachd-a-steach	1
Tachartasan cultarach	446	Daoine a gheibh buannachd	38,570	Compàirtichean	3,872	Luchd saor-thoileach	651
Obair gus lìonraidhean a chruthachadh	11	Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte	2	Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach	6	Luchd-trèanaidh	83
Cèilidhean air Chuairt	7	Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	15,726	Tachartasan an lùib nan Cèilidhean air Chuairt	204	Pròiseactan a nì feum do dh'eaconamaidh na Gàidhlig	4,421
Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean							
InG1	Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015		Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisgoil air a stèidheachadh agus tha sinn an-dràsta ag obair le grunn ùghdarras ionadail agus buidhnean poblach. Dh'aontaich sinn cùmhnant le Comhairle na Gàidhealtachd gus Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean Loch Abar agus Gallaibh bhon Fhaoileach 2014. Shoirbhich leinn le tagradh do na Cruinneachaidhean Nàiseanta airson cùmhnant a lìbhrigeadh leis an luchd-obrach aca a thaobh eòlas mu Ghàidhlig agus Gàidhlig bhunaiteach. Tha sinn an sàs ann an conaltradh le Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus Comhairle Lannraig a Deas mu chùmhnantan a lìbhrigeadh dhaibhsan. Gu ruge seo ann an 2013-14, tha Fèisgoil air £65.5k a bharrachd a thoirt a-steach don bhuidhinn.			
InG2	A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt 2015		Leasachaidhean Ùra	Rinn sinn an gnothach air 53% a ruighinn ann an 2012-13. Thathar an dòchas gun ruig sinn co-dhiù 58% ann an 2013-14.			

InG3	17.5 obraichean Ionann is Làn-thìde a ghleidheadh ann an sgìre obrach HIE air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	An-dràsta tha 14.2 obraichean FTE aig a' bhuidhinn. Ge-tà, le cothroman cosnaidh a bharrachd an lùib Fèisgoil is cùmhnantan eile tha sinn gu mòr an dòchas gum bi 17.5 obraichean FTE againn mar a tha HIE ag iarraidh. Ann an 2013-13 ràinig sinn 104.3 obraichean FTE.	
InG4	Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Chaidh 18 tachartasan Bhlais is 42 cèilidh leis na Cèilidhean air Chuairt a chumail sna sgìrean cugallach ann an 2013. Faicibh AC10 gu h-àrd airson fios mu phròiseactan eadar-ghinealaich. Bha 5 Latha gu math soirbheachail againn na bu thràithe air a' bhliadhna ann an Taobh an Iar Leòdhais, sgìre chugallach, le 16 deugairean agus grunn dhaoine bhon choimhearsnachd an sàs. Tha planaichean airson 5 Latha 2014 a' dol air adhart mar bu chòir.	
InG5	Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Mar phàirt de Sgoil Shamhraidh Dràma 2013, bha taisbeanaidhean ann bho dà bhuidheann inbhich – Buidheann Dràma Chille Mhoire agus Cabraich Arts - cho math ris na taisbeanaidhean bhon òigridh aig Sabhal Mòr Ostaig ann an co-bhonn ris na Cèilidhean air Chuairt. Tha bhideoan den oidhche air ar seanail YouTube agus ghabhadh coimhead orra tron làrach-lìn againn. Chaidh iarraidh oirnn compàirt a ghabhail ann am pròiseactan cuide ri Eden Court agus Sabhal Mòr Ostaig le maoin tro Lìonradh Dràma na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig agus bidh sinn a' dèanamh sin.	
InG6	A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Tha trèanadh do luchd-eagrachaidh a' tachairt gu h-ionadail seach aig Fèis Trèanaidh bhliadhnail, a' cumail ri toraidhean rannsachadh a chaidh a dhèanamh an-uiridh. Chaidh trèanadh Gàidhlig air adhart sa chiad ràith airson oidean Fèisgoil le tuilleadh san amharc nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Bidh a' mhòr-chuid de thrèanadh do dh'oidean ga thabhann sa Ghearran is sa Mhàrt gach bliadhna, ach tha sinn an-dràsta a' coimhead ri iarrtas bho Fhèis Ghàidhlig Ghlaschu trèanadh airson oidean a chur air dòigh dhaibh ann an Glaschu.	
InG7	A dhèanamh cinnteach gu bheil 8,206 compàirtichean/luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am pròg ram sgilean nam Fèisean, ann an sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn cinnteach gun coilean sinn an targaid seo airson 2015 agus chìthear na figearan airson an treas ràithe de 2013-14 gu h-àrd fo Fhiosrachadh Àireamhail.	

InG8	Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn ri oidhirpean mòra gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta, agus tha sinn ag obair nas dlùithe còmhla ri VisitScotland is EventScotland is companaidhean turais fa leth gus an dèan sinn sanasachd nas fharsainge air an dà iomairt. Tha againn fhathast ri seisean trèanaidh a chumail tron t-siostam Stiùireadh Chunntais aig InG agus an dèidh sin seisean air margaideachd eadar-nàiseanta le SDI. Tha sinn air faighinn seachad air trioblaidean làithean aontachadh leis gun deach cunnraidear ùr fhastadh le InG son na h-obrach a dhèanamh.	
InG9	Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh	Leasachaidhean Ùra	Faicibh AC17 gu h-àrd. Bha coinneamh againn leis na buidhnean a tha an sàs sna Geamaichean Cho-fhlaitheis agus tha sinn fhathast ann an conaltradh riuthasam, agus ri Glaschu Bheò, mu na Fèisean a' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an 2014.	
InG10	Sgrùdadh a dhèanamh air ar dleastanasan, freagarrachd is èifeachd Bòrd Fèisean nan Gàidheal, ro 31 Màrt 2013	Leasachaidhean Ùra	Chaidh seo a dhèanamh agus tha InG sàsaichte mun chùis.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Fianais air taic phractaigeach don Sgeama Comhairleachaidh Phàrantan, le trèanadh do luchd-obrach ùr agus dearbhadh air taic ga thoirt do phàrantan.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn a' cumail taic ri sgeama comhairleachaidh pàrant ann an iomadh dòigh; tro thachartasan sònraichte, na h-Iomairtean, fiosrachadh aig Fèisean agus Blas. Tro ar làrach-lìn agus a' brosnachadh naidheachdan agus cothroman tro na lìonraidhean a th'againn air loidhne agus ar stòr-data tha sinn a' cumail taic. Tha Fèisean nan Gàidheal cuideachd a' cumail taic do Chomann nam Pàrant Port Rìgh. Faicibh BnG4.	
BnG2	Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach air a thoirt do dh'Iomairtean Ghàidhlig air feadh Alba.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn ag obair mar phàirt de gach Iomairt tro obair Fèisean nan Gàidheal, ar luchd-obrach agus na Fèisean gu h-ionadail. Chaidh 7 Fèisean air adhart ann an sgìrean Iomairt tron t-Shamhradh agus bha 23 consartan Blas air an chur air dòigh ann an coimhearsnachdan ann an sgìrean Iomairt. A bharrachd air seo bha am pròg ram sgoile a' cur ris na bha tachairt sna diofar sgìrean. Chaidh an sgoil Shamhraidh Dràma a chumail anns an Eilean Sgitheanach agus bha na Cèilidhean air Chuairt an sàs ann an iomadh tachartas anns na diofar sgìrean. Chaidh mòran clasaichean Fèise agus prìomh Fhèisean a chumail ann an sgìrean Iomairt air na trì miosan a dh'fhalbh, nam measg bha Fèis Deugairean ann an sgìre Loch Abar agus bha turas iomlaid le buidheann à Èirinn ann an Inbhir Nis mar phàirt den Camanachd Eadar Nàiseanta. Bidh luchd-obrach na buidhne uile a' cur ris na h-iomairtean anns na diofar phròiseactan anns a bheil sinn an sàs. Tha sinn cuideachd a' cur Cofaidh is	

			Còmhradh air adhart gach Dimàirt ann an oifis Phort Righ. Tha na h-aireamhan a' frithealadh seo air crìonadh ach bidh sinn ga shanasachd as ùir sa Bhliadhn' Ùire.	
BnG3	Fios às ùr gach ràithe air cuir an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne, le co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thèid Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ùrachadh agus fhoillseachadh ro dheireadh na bliadhna, a' bhios a' togail air soirbheas a' phoileasaidh a chaidh a chur an gnìomh bho 2009 air adhart. Bidh dreach ùr den phoileasaidh air beulaibh a' Bhùird sa Ghearran 2014. Tha na Fèisean a' leasachadh agus a' leudachadh nan dòighean sa bheil iad a' cur a' phoileasaidh an gnìomh le taic cunbhalach bhon sgioba againne. Tha adhartas mòr air a bhith ann a-measg nam Fèisean le cha mhòr a h-uile càil bhuapa a-nise a' nochdadh gu dà-chànanach. Tha Fèisean nan Gàidheal fhèin a' foillseachadh stuthan gu dà-chànanach, a-measg sin stuth a bhios a' nochdadh air Facebook agus Twitter. Bidh luchd-obrach na buidhne a' faighinn co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh tron bhliadhna a tha stèidhichte air cànan no cuspairean a tha air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh latha a chumail san Dùbhlachd.	
Fèis Innis an Uillt			£945.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£945.00	£0.00	£945.00
Fèis Lunnainn			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra			**£10,324.00**	**£0.00**	**£15,287.00**	**310**	**£2,325.00**	**£0.00**	**£27,936.00**	**£13,897.50**	**£14,038.50**
			Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN			**£ 78,120.00**	**£ 40,092.00**	**£ 80,447.00**	**1,440**	**£ 10,800.00**	**£ 1,440.00**	**£ 210,899.00**	**£ 118,232.75**	**£ 92,666.25**

Tabhartasan nam Fèisean 2014-15

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2014.03(f)

Tha an clàr a leanas a' sealltainn tabhartasan a tha sinn a' moladh airson nam Fèisean ann an 2014-15.

Ainm Fèise	InG	InG Dùbhlanach	Prìomh Thabhartas Fèise	Maoin Ùghdarras Ionadail	Tabhartas Leantainneach	Uairean a rèir Bliadhna	Tabhartas Uairean Bliadhnail	Sgeama Leasachaidh	Tabhartas Iomlan air a Thabhann	Còrr Pàighte	Còrr gun rèiteach
Comhairle na Gàidhealtachd											
Fèis an Earraich	√	√	£4,860.00	£3,430.00	£3,584.00	100	£750.00	£0.00	£12,624.00	£0.00	£12,624.00
Fèis Lochabair	√		£840.00	£1,420.00	£2,350.00	80	£600.00	£0.00	£5,210.00	£0.00	£5,210.00
Fèis nan Garbh Chrìochan	√	√	£4,134.00	£2,068.00	£6,370.00	20	£150.00	£0.00	£12,722.00	£0.00	£12,722.00
Fèis Chataibh	√		£3,296.00	£1,648.00	£2,516.00	100	£750.00	£0.00	£8,210.00	£0.00	£8,210.00
Fèis a' Bhealaich	√	√	£0.00	£0.00	£1,104.00	15	£112.50	£0.00	£1,216.50	£0.00	£1,216.50
Fèis Rois Òigridh	√	√	£5,042.00	£3,671.00	£6,160.00	0	£0.00	£0.00	£14,873.00	£0.00	£14,873.00
Fèis Rois nan Deugairean	√	√	£7,525.00	£3,762.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£11,287.00	£0.00	£11,287.00
Fèis Eige	√	√	£921.00	£461.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£1,532.00	£0.00	£1,532.00
Feis Ghallaibh	√	√	£0.00	£0.00	£2,234.00	20	£150.00	£0.00	£2,384.00	£0.00	£2,384.00
Fèis Farr	√		£0.00	£0.00	£1,273.00	0	£0.00	£0.00	£1,273.00	£0.00	£1,273.00
Fèis na h-Òige	√		£1,565.00	£783.00	£1,974.00	0	£0.00	£0.00	£4,322.00	£0.00	£4,322.00
Fèis Air an Oir	√	√	£585.00	£292.00	£2,690.00	20	£150.00	£0.00	£3,717.00	£0.00	£3,717.00
Feis Ghleann Albainn	√		£1,433.00	£716.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,149.00	£0.00	£2,149.00
Fèis Ratharsaidh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis a' Bhaile	√		£1,747.00	£873.00	£904.00	100	£750.00	£0.00	£4,274.00	£0.00	£4,274.00
Fèis Òigridh na Mara	√	√	£237.00	£118.00	£2,920.00	100	£750.00	£0.00	£4,025.00	£0.00	£4,025.00
Fèis Inbhir Narann	√		£1,230.00	£615.00	£2,955.00	80	£600.00	£0.00	£5,400.00	£0.00	£5,400.00
Fèis Spè	√		£2,972.00	£1,486.00	£3,066.00	0	£0.00	£0.00	£7,524.00	£0.00	£7,524.00
Fèis an Iar Thuath	√	√	£489.00	£245.00	£620.00	0	£0.00	£0.00	£1,354.00	£0.00	£1,354.00
Fèis Thròdairnis	√	√	£1,876.00	£938.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,814.00	£0.00	£2,814.00
Feis a' Chaolais	√		£0.00	£0.00	£1,509.00	0	£0.00	£0.00	£1,509.00	£0.00	£1,509.00
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd			**£38,752.00**	**£22,526.00**	**£42,229.00**	**655**	**£4,912.50**	**£0.00**	**£108,419.50**	**£0.00**	**£108,419.50**
Comhairle nan Eilean Siar											
Fèis Tìr a' Mhurain	√	√	£3,463.00	£1,350.00	£1,680.00	60	£450.00	£0.00	£6,943.00	£0.00	£6,943.00
Fèis Eilean an Fhraoich	√		£4,125.00	£1,800.00	£2,140.00	0	£0.00	£0.00	£8,065.00	£0.00	£8,065.00
Fèis Tìr an Eòrna	√	√	£3,025.00	£1,350.00	£1,150.00	20	£150.00	£0.00	£5,675.00	£0.00	£5,675.00
Fèis Bharraigh	√	√	£2,673.00	£1,350.00	£4,080.00	60	£450.00	£0.00	£8,553.00	£0.00	£8,553.00

Fèis Eilean na Hearadh	√	√	£1,891.00	£1,350.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£3,391.00	£0.00	£3,391.00
Fèis an Rubha	√		£1,755.00	£1,350.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£3,105.00	£0.00	£3,105.00
Fèis Taigh Dhonnchaidh	√	√	£604.00	£1,350.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£1,954.00	£0.00	£1,954.00
Iomlan Comhairle nan Eilean Siar			**£17,536.00**	**£9,900.00**	**£9,050.00**	**160**	**£1,200.00**	**£0.00**	**£37,686.00**	**£0.00**	**£37,686.00**
Earra-Ghàidheal agus Bhòid											
Fèis Cholla	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Latharna	√		£1,750.00	£2,000.00	£3,720.00	50	£375.00	£0.00	£7,845.00	£0.00	£7,845.00
Fèis Mhuile	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Thiriodh	√	√	£700.00	£2,000.00	£616.00	60	£450.00	£0.00	£3,766.00	£0.00	£3,766.00
Fèis Ìle agus Dhùira	√	√	£2,225.00	£3,500.00	£1,709.00	60	£450.00	£0.00	£7,884.00	£0.00	£7,884.00
Fèis Dhùn Omhain	√	√	£463.00	£0.00	£556.00	20	£150.00	£0.00	£1,169.00	£0.00	£1,169.00
Fèis Cheann Loch Goibhle	√		£1,529.00	£1,500.00	£1,013.00	40	£300.00	£0.00	£4,342.00	£0.00	£4,342.00
Iomlan Earra-Ghàidheal agus Bhòid			**£6,667.00**	**£9,000.00**	**£7,614.00**	**230**	**£1,725.00**	**£0.00**	**£25,006.00**	**£0.00**	**£25,006.00**
Sgìrean Eile/Bailtean Mòra											
Fèis Arainn	√		£2,600.00	£0.00	£3,120.00	0	£0.00	£0.00	£5,720.00	£0.00	£5,720.00
Fèis Mhoireibh	√	√	£1,608.00	£0.00	£1,291.00	20	£150.00	£0.00	£3,049.00	£0.00	£3,049.00
IOMLAN InG	**37**	**23**	**£67,163.00**	**£41,426.00**	**£63,304.00**	**1,065**	**£7,987.50**	**£0.00**	**£179,880.50**	**£0.00**	**£179,880.50**
Fèis Dhùn Èideann			£3,212.00	£0.00	£7,725.00	0	£0.00	£0.00	£10,937.00	£0.00	£10,937.00
Fèis Obair Dheathain			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Feis Dhùn Bhreatainn			£0.00	£0.00	£450.00	20	£150.00	£0.00	£600.00	£0.00	£600.00
Fèis Lannraig a Tuath			£963.00	£0.00	£702.00	0	£0.00	£0.00	£1,665.00	£0.00	£1,665.00
Fèis Fhoirt			£2,975.00	£0.00	£3,700.00	50	£375.00	£0.00	£7,050.00	£0.00	£7,050.00
Feis Ghlaschu			£2,660.00	£0.00	£4,000.00	0	£0.00	£0.00	£6,660.00	£0.00	£6,660.00
Fèis Innis an Uillt			£723.00	£0.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£873.00	£0.00	£873.00
Fèis Lunnainn			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra			**£14,741.00**	**£0.00**	**£20,988.00**	**110**	**£825.00**	**£0.00**	**£36,554.00**	**£0.00**	**£36,554.00**
			Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN			**£ 77,696.00**	**£ 41,426.00**	**£ 79,881.00**	**1,155**	**£ 8,662.50**	**£ 0.00**	**£ 207,665.50**	**£ 0.00**	**£ 207,665.50**

Fèisean nan Gàidheal

Ùrachadh air an Aonta le Alba Chruthachail 2014-15

Àireamh air a' chlàr-chùisean: 1.2014.03(g)

Adhbhar a' Phàipeir

Dreachd den fhiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird a gheibhear sna h-eàrr-ràdhan a bhios mar bhunait don aonta againn le Alba Chruthachail airson 2014-15.

Cùl-fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gun do ghlèidh Fèisean nan Gàidheal a h-inbhe mar bhuidhinn stèidhichte a thaobh maoineachaidh bho Alba Chruthachail, agus tha aonta againn airson 2012-15. Tha ùrachadh a dhìth gach bliadhna far am feum sinn na leanas a chur thuca:

- Buidseat airson 2014-15
- Na cunntasan sgrùdaichte as ùire
- Ro-mheasadh ràitheil airson sruthan-airgid airson 2014-15
- Na cunntasan riaghlaidh as ùire

Cuideachd, tha grunn eàrr-ràdhan san Aonta do Bhuidhnean Stèidhichte a dh'fheumas sinn bruidhinn mu dheidhinn agus aontachadh leis a' phrìomh oifigear againn ron 26 Gearran:

Eàrr-ràdh 1	Plana Obrach Ealain/Cruthachail
Eàrr-ràdh 2	Obair taobh a-muigh na h-Alba (ma tha sin iomchaidh)
Eàrr-ràdh 3	Amasan Leasachaidh
Eàrr-ràdh 4	Fiosrachadh Banca

Chithear na tha anns na h-eàrr-ràdhan seo sna duilleagan a leanas; bhruidhinn sinn ris a' phrìomh oifigear againn aig Alba Chruthachail, Iain Mac a' Ghobhainn, mun deidhinn, agus tha e toilichte leis na tha sinn a' moladh.

Aon uair 's gu bheil am Bòrd riaraichte leis a' phròg ram obrach agus na clachan-mìle a thathar a' moladh, thèid an dreachd dheireannach aontachadh le Alba Chruthachail agus thèid na suimeannan a phàigheadh dhuinn gach ràith a' tòiseachadh sa Ghiblean a rèir a' ro-mheasaidh airson sruthan-airgid a thugadh dhaibh mu thràth.

Gnìomh a tha a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird aontachadh ris na h-eàrr-ràdhan san Aonta do Bhuidhnean Stèidhichte agus ùghdarras a thoirt don Stiùiriche gus an dreachd dheireannach den chùmhnant airson 2014-15 aontachadh le Alba Chruthachail. Gheibhear lethbhreac den chùmhnant dheireannach aig an ath choinneimh den Bhuidhinn Riaghlaidh, agus gheibh gach ball cothrom coimhead air.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2014

APPENDIX 1 ARTISTIC / CREATIVE WORK

The following is our planned programme of activities in 2014-15:

1 Support and develop individual Fèisean, widening their range of activities and establishing best working practice through a system of lead officers.
2 Support the establishment of new Fèisean where communities request our assistance to do so.
3 Operate a Grants Scheme for Fèisean pooling funding from various sources.
4 Invest in new developments through our Fèis Development Scheme.
5 Increase use of the Gaelic language through the implementation of our revised and strengthened Gaelic Language Policy.
6 Continue to develop Gaelic drama activities including a Gaelic Drama Summer School, tours by our Meanbh-Chuileag theatre-in-education group and drama Fèisean as part of the new Fèisgoil service.
7 Continue to support 7 Cèilidh Trails.
8 Continue to provide Gaelic language support for Fèisean through our G-Team tutors.
9 Continue to engage local Fèis participants in collecting, archiving and using local materials.
10 Develop Gaelic medium activities for teenagers, residential and non-residential, using arts activities as the catalyst.
11 Delivery of elements of the “Time to Shine” 0-25 Arts Strategy including possible involvement in a regional hub along with other Highland partners.
12 Continue to develop the work of the Fèisean within the formal education sector, in partnership with YMI in Highland and other local authorities, as opportunities arise as part of the Fèisgoil service.
13 Continue to develop our new Fèisgoil initiative to increase earned income and play a part in delivering Scottish Government commitments on Gaelic, the 1+2 model for learning languages and Scottish Studies.
14 Offer locally-based training and professional development, open to everyone involved in promoting, organising and participating in Fèisean, and to other organisations involved in traditional music development and delivery.
15 Engage, wherever possible, in partnership opportunities and work with existing forums, including the Scottish Traditional Music Forum and the Gaelic Arts Strategy Forum.
16 Continue to organise the Blas Festival and look towards areas other than Highland in order to maximise partnerships with the public and commercial sectors.
17 Inclusion of Blas 2014 as part of the Highland Homecoming initiative through EventScotland.
18 Exploit the potential for increased sales of products of the Fèisean including books, CDs, DVDs etc
19 Raise the profile of the Fèis movement through a dedicated showcase Ceòl nam Fèis concert as the finale to Blas 2014, involvement in the Commonwealth Games Cultural Programme and participation in other showcase opportunities as they arise.
20 In partnership with Creative Scotland, Highlands & Islands Enterprise and Bòrd na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal will continue to play a key role in the promotion and continuing development of traditional music and Gaelic arts in Scotland.
21 Continue to have an active role in delivering the National Gaelic Arts Strategy as defined in the National Gaelic Language Plan and supporting the work of the Gaelic Arts Officer.
22 Continue to have involvement in the provision of Gaelic medium arts activities in Iomairtean Gàidhlig areas.
23 Hold an Annual Conference.
24 During 2014-15 a new Development Plan for the organisation will be devised for delivery from 2015 onwards.
25 Continue to support individual Fèis expansion activities.
26 Continue to ensure good practice in relation to Child Protection in line with changes in legislation.
27 Continue to operate as an organisation striving for excellence in delivery of services and projects, and in our general working practices.

Our programme will support the following Creative Scotland objectives:

Fèisean nan Gàidheal Plans	**Contribution to Creative Scotland Investment Objectives**					**Cross Cutting Themes**			**Other**	
SERVICE/ACTIVITY	Talent	Quality Production	Audiences, Access & Participation	Cultural Economy	Place	Education	Equalities	International	Gaelic	Traditional Arts
Funding through a grants scheme	√	√	√	√	√	√	√		√	√
Fèis Development Fund	√	√	√	√	√	√			√	√
Help with the establishment of new Fèisean	√		√	√	√	√	√		√	√
Training for Tutors and Organisers	√	√	√	√		√	√		√	√
Lead Officers offering services to individual Fèisean		√	√	√	√					
Musical Instrument Bank	√		√	√		√	√			√
Child and vulnerable adult protection		√	√				√			
Gaelic Language Policy and implementation	√	√	√	√	√	√	√		√	
Newsletters			√	√					√	√
Insurance		√	√							
Advocacy, Lobbying and Publicity	√	√	√	√	√	√	√	√	√	√
Gaelic Drama Development	√	√	√	√	√	√	√		√	
Volunteer and Tutor Skills Development	√	√	√	√		√	√		√	√
Gaelic Language Support	√	√	√	√	√		√		√	
National and International Showcasing	√	√	√	√	√			√	√	√
New Gaelic song writing and performance opportunities	√	√	√	√	√	√	√		√	√
New Gaelic script writing and performance opportunities	√	√	√	√	√	√	√		√	√
Inter-Fèis Activities	√	√	√	√	√	√				√
Blas Festival	√	√	√	√	√	√	√	√	√	√
Youth Music Initiative	√		√	√	√	√	√		√	√
Fèisgoil Service for Public Bodies and Authorities	√		√	√		√	√		√	√

APPENDIX 2: ACTIVITIES OUTSIDE SCOTLAND

Our work outside Scotland will include:

- Participation in the Irish leg of **Cuairt nam Bàird/ Turas na bhFilí** in April 2014 which will involve Fèisean nan Gàidheal providing singers, musicians and writers to take part in a long-established annual cultural exchange organised, in Ireland, by Còmhdhail Nàiseanta na Gaelige. The return leg, in Scotland, will take place in September allowing us to augment the Blas Festival programme with events that feature Irish writers, singers and musicians.

- Fèisean nan Gàidheal will continue its involvement in **Celtic Neighbours**, in which we are a partner, to develop collaborative opportunities in other countries where minority Celtic languages are used.

- Our Cèilidh Trail groups will be taking part in the **International Shinty/Hurling** event in Ireland in October 2014. It is possible, subject to funding, that one of the Cèilidh Trails may tour internationally.

- We will look for other **showcasing opportunities** for work outside Scotland that promote, and could benefit from, the Fèisean.

- As part of our involvement in the 2014 Commonwealth Games and Year of Homecoming we have commissioned a **new Gaelic song** and, in addition to Fèis participants in Scotland, the resulting recording will include contributions from young people in Cape Breton and Northern Ireland.

APPENDIX 3 DEVELOPMENT GOALS

GOAL	WHAT ISSUE IS THIS ADDRESSING?	MILESTONE – THIS IS AN ACTIVITY	BY WHEN
Minimise the effect of local authority funding cuts on the work of the Fèisean	Sustainability of the Fèisean across Scotland	Make savings in other areas of our budget in order to preserve the funding available to the Fèisean	April 2014
Engagement with Creative Scotland and other organisations important to our sector	Time set aside for staff to fully engage in networking and advocacy to ensure a say on developments	Attendance at appropriate events by senior staff members	April 2014 and ongoing
Maintain reserves in line with Fèisean nan Gàidheal's policy	Sustainability of our staff and programme in the current high-risk financial environment	Ensure that reserves at 31.03.14 are at a higher level to those at 31.03.13	April 2014
Bid to secure new funding arrangement with Creative Scotland	Medium to long-term sustainability of our work	Bid to Creative Scotland	June 2014
Negotiate further Service Level Agreements with local authorities	Sustainability of the Fèisean in various areas, the Blas Festival in Highland, Argyll & Bute and other local authority areas and delivery of services through Fèisgoil	Continuation of new 2013 agreements and further contracts in place for 2014 onwards	August 2014
Continue to increase earned income through the provision of services through our new Fèisgoil service	Long-term sustainability of Fèisean nan Gàidheal and delivery of key Scottish Government commitments in relation to Gaelic language	Secure at least 4 contracts during 2014-15	March 2015
New Development Plan in place for Fèisean nan Gàidheal	Long-term sustainability of our work with plans that will help deliver National Outcomes	Plan for consultation	September 2014
Bid to secure further funding from HIE	Medium to long-term sustainability of our work	Negotiations on possibility of further funding	October – December 2014
Secure new funding arrangement with Creative Scotland	Medium to long-term sustainability of our work	Agreement with Creative Scotland	January 2015
New Development Plan in place for Fèisean nan Gàidheal	Long-term sustainability of our work with plans that will help deliver National Outcomes	Plan agreed by Board	February 2015

Other items you should plan for / think about:

The total experience that your audiences/customers have from the moment they engage with your organisation to the conclusion of the encounter.

At least two visits to Glasgow or Edinburgh each year to engage with Creative Scotland.

*Note, payments to your organisation will be dependent on achievement of milestones unless your lead officer provides a written update for your file with any agreed adjustments.

Fèisean nan Gàidheal

Dreach Poileasaidh Gàidhlig le ùrachaidhean

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 1.2014.04(a)

Adhbhar a' Phaipeir

Airson dreach ùr den Phoileasaidh Gàidhlig a chuir fa chomhair buill a' bhùird

Cùl-Fiosrachadh

Tha e mar uallach oirnn leirmheas a dhèanamh gach bliadhna air poileasaidhean agus a bhith dhan ùrachadh mar a tha iomchaidh.

Tha feum air ar Poileasaidh Gàidhlig ùrachadh, le cuid dha na h-amasan ag atharrachadh leis gu bheil sinn ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh fad na h-ùine tro gnìomhan na buidhne agus nam Fèisean.

Atharrachaidhean

Bha am poileasaidh feumach air atharrachaidhean beaga agus ùrachadh leis na leanas;

- Ùrachadh amasan às dèidh dhuinn coileanadh nan targaidean agus amasan a bha sa poileasaidh mu dheireadh, gu h-àiridh le sgìlean cànain nan luchd-teagaisg
- Gnìomhan practaigeach a thaobh trèanadh agus cleachdadh cànain
- Mearachdan beaga litreachaidh agus puingean gràmair

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill am Poileasaidh Gàidhlig a dheasbad agus aontachadh.

Calum Alex Macmillan
Manaidsear Leasachaidh
Gearran 2014

Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal

Ro-ràdh

Tha a' Ghàidhlig agus a cultur aig cridhe gach rud a nì Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean fhèin. Mar sin, feumaidh gach neach agus buidheann a bhios a' dèiligeadh le FnG seo aithneachadh, an dà chuid airson an obair luachmhor seo a thoirt air adhart, agus cuideachd airson ìomhaigh na buidhne a chumail suas. Tha a' bhuidheann aithnichte mar aon de na prìomh bhuidhnean a tha ag obair ann an saoghal na Gàidhlig, agus anns na h-ealain san fharsaingeachd ann an Alba.

Tha am poileasaidh a' dèiligeadh leis mar a làimhsichear gnothaichean a' buntainn ris a' Ghàidhlig le FnG mar bhuidhinn agus leis na Fèisean fhèin. Bidh an aon inbhe aig a' phoileasaidh 's a th' aig poileasaidhean eile na buidhne, agus bu chòir an aon aithne a thoirt dha.

Feumaidh gach buidheann a gheibh taic-maoineachaidh bho FnG gabhail ris a' phoileasaidh seo; gheibhear taic, stiùireadh agus brosnachadh bho FnG airson am poileasaidh a chur an gnìomh.

Art MacCarmaig, Ceannard, Gearran 2014

1.0 Amas a' phoileasaidh

Gus innse do gach neach agus buidheann a tha an sàs ann an obair FnG mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an gnìomhan na buidhne. Thèid stiùireadh is comhairle a thoirt seachad do na Fèisean air mar a chuirear am poileasaidh an gnìomh.

2.0 Ro-innleachd

2.1 Cur an cèill

Tha am poileasaidh foillsichte air pàipear agus air làrach-lìn na buidhne airson sgaoileadh air luchd-obrach na buidhne, buill na buidhne agus air a' phoball.

Tha am poileasaidh air a thoirt do luchd-obrach na buidhne agus do bhuill Bòrd na buidhne nuair a thòisicheas iad san dreuchd aca, agus gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh. Thèid a thoirt do na buill nuair a dh'fhoillsichear e agus gach turas a thèid ath-nuadhachadh. Thèid luchd-obrach, buill Bòrd na buidhne agus na buill a stiùireadh dhan phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan leis a' bhuidhinn.

2.2 Cur an gnìomh

Gabhar ris a' phoileasaidh leis na buill mar chùmhnant-ballrachd na buidhne agus le luchd-obrach na buidhne mar chùmhnant-obrach. Bidh dleastanas aig a h-uile ìre den bhuidhinn am poileasaidh a chur an gnìomh ann an gnìomhan uile na buidhne.

Bidh dleastanas sònraichte aig luchd-obrach na buidhne feumalachdan-taice nam ball a fhrithealadh ann a bhith a' cur a' phoileasaidh an cèill.

Cha bhuin am poileasaidh don àm a chaidh seachad.

2.3 Measadh

Thèid am poileasaidh ath-sgrùdadh gach bliadhna anns a' Ghearran, agus a rèir feum.

2.4 Briseadh
Bidh aig na buill ri gabhail ris a' phoileasaidh mar phàirt den chùmhnant-ballrachd aca agus faodar a' bhallrachd a chur an neo-bhrìgh air sgàth briseadh den phoileasaidh leotha.

Thèid briseadh sam bith den phoileasaidh a dh'èireas air sgàth gnìomhan luchd-obrach na buidhne a cheannsachadh a rèir modh smachdachaidh na buidhne.

3.0 Raointean-obrach

3.1 Gàidhlig
Thèid stuth-sgrìobhte a tha ri nochdadh anns a' Ghàidhlig a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig an toiseach no eadar-theangachadh gu Gàidhlig mas e 's nach eil Gàidhlig aig an sgrìobhadair.

3.2 Cànanan eile
Aithnichear gu bheil prìomhachas aig a' Ghàidhlig ann an obair na buidhne ach measar cànanan eile ann an co-ionannachd agus nithear gach oidhirp gus feumalachdan dhaoine aig nach eil Gàidhlig a fhrithealadh.

4.0 Conaltradh

4.1 Fàilteachas is fòn
Cuirear fàilte air daoine a' tadhal air oifisean na buidhne no a' fònadh thuca le fàilte ghoirid anns a' Ghàidhlig. Leanaidh cànan a' chòmhraidh a rèir freagairt is cainnt an neach-conaltraidh.

4.2 Sgrìobhadh
Sgrìobhar às leth na buidhne (ann an riochd dealanach no eile) anns a' Ghàidhlig a-mhàin far a bheil e mar phoileasaidh aig buidhnean brathan sa Ghàidhlig a fhreagairt, gu buidhnean air am meas mar bhuidhnean Gàidhlig agus gu daoine fa leth a tha air sgrìobhadh mar-thà chun na buidhne ann an Gàidhlig; ann an suidheachaidhean eile sgrìobhar mar a chìthear iomchaidh.

4.3 Làrach-lìn
'S i a' Ghàidhlig a nochdas an toiseach nuair a rachar chun an làraich-lìn.

Bidh uallach air an luchd-obrach dèanamh cinnteach gun nochd gach pìos fiosrachaidh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla.

4.4 Foirmean
4.4.1 Dealbhachadh cheisteachan is fhoirmean às leth na buidhne
Sireadh bhrathan

- far a bheil fileantas anns a' Ghàidhlig, cleachdar Gàidhlig a-mhàin;
- far nach eil fileantas anns a' Ghàidhlig, far nach eil fhios mu fhileantas no far a bheil diofar ìrean-fileantais, cleachdar riochd dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas).

4.42 Lìonadh às leth na buidhne
Thèid foirmean is ceisteachain a lìonadh ann an cànan nan ceistean. Ma tha taghadh de chànanan ann, cleachdar Gàidhlig ma tha i nam measg.

4.5 Seòlaidhean
- Seòlaidhean Albannach far a bheil sgeul air a' chòd-phuist: (1) cleachdar ainm teaghlaich, taighe no togalaich anns an riochd anns an d' fhuaradh e; (2) thèid ainm sràide a thaisbeanadh anns a' Ghàidhlig ma tha aithne oifigeil ga thoirt dha (m.e. tro shoidhne-sràide); (3) thèid ainm baile-puist, siorrachd, sgìre no eilean a thaisbeanadh a rèir a' mhapa de dh'Alba a dh'fhoillsich an Stòrlann Nàiseanta; (4) cleachdar an còd-puist.

- Seòlaidhean Albannach far nach eil sgeul air a' chòd-phuist: leanar ceumannan (1) agus (2) gu h-àrd ach thèid an còrr a thaisbeanadh anns a' Bheurla a-mhàin.
- Seòlaidhean ann an dùthchannan eile: cha chleachdar seòladh anns a' Ghàidhlig.

4.6 Ainmean dhaoine
Ann an conaltradh no suidheachadh oifigeil ann an cànan sam bith, thèid an t-ainm pearsanta agus cinnidh aig gach neach a chleachdadh anns an riochd as dual leis an neach fhèin. Ma chleachdar leis an neach riochdan ann an diofar chànanan, thèid iad sin a chleachdadh a rèir cànan a' chonaltraidh.

4.7 Litreachadh
Ann an sgrìobhadh às leth na buidhne, thèid Gàidhlig a sgrìobhadh a rèir molaidhean GOC3 (Gaelic Orthographic Conventions, 2009), ach a-mhàin ann an suidheachaidhean sònraichte. Eisimpleir:
- Cha chleachdar an stràc gheur ann an sgrìobhadh às leth na buidhne ACH A-MHÀIN nuair a dh'fheumar i gus fuaimneachadh òran no beul-aithris eile a shamhlachadh, agus gu sònraichte gus eadar-dhealachaidhean dualchainnte ann am fuaimneachadh òran no beul-aithris eile a shamhlachadh.

4.8 Soidhnichean
Thèid soidhnichean ann an oifisean na buidhne agus ann an toglaichean a chleachdar leis na buill a sgrìobhadh ann an Gàidhlig a-mhàin, le feum ga chur air dealbhan agus suaicheantasan gus stiùireadh a thoirt do dhaoine gun Ghàidhlig.

4.9 Riochd ainmean sa bhuidhinn
Cleachdar riochd Gàidhlig ainmean nam ball agus na buidhne, le eadar-theangachadh ann am bracaidean ceàrnach ma dh'fheumar. Nuair a thig gach ball ùr a-steach don bhuidhinn, feumar comhairle na buidhne a ghabhail air riochd ainm a' bhuill; feumaidh an companaidh comhairle acadaimigeach a ghabhail air an ainm.

5.0 Foillseachadh

5.1 Ath leughadh
Faodar ath-leughadh iarraidh air a' bhuidhinn leis na buill mus tèid teacsa poblach Gàidhlig sam bith a chur am follais.

5.2 Brathan-naidheachd
Thèid fios a leigeil chun nam meadhanan Gàidhlig anns a' Ghàidhlig, gu h-aon-chànanach no gu dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas). Thèid fios a leigeil gu meadhanan eile gu dà-chànanach, le stiùireadh soilleir dhan Bheurla.

5.3 Sanasachd
Thèid sanasan fhoillseachadh ann an Gàidhlig a-mhàin ma tha dùil gu bheil Gàidhlig aig an luchd-leughaidh, no gu dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas) ann an suidheachaidhean eile.

6.0 Modhan-obrach

6.1 Cànan na buidhne
'S i prìomh chànan-obrach na buidhne a' Ghàidhlig ach nithear gach oidhirp feumalachdan luchd-labhairt na Beurla a fhrithealadh. Tha e mar phrìomh amas aig a' bhuidhinn cultur na Gàidhlig a bhrosnachadh agus mar sin feumar gach neach a tha an sàs innte aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe obair na buidhne agus bu chòir gach oidhirp a dhèanamh gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh air feadh na buidhne.

6.2 Cànan luchd-obrach na buidhne
'S i prìomh chànan-obrach na buidhne a' Ghàidhlig agus tha dùil gun tèid a cleachdadh air gach cothrom air àrainn oifisean na buidhne agus nuair a thathar a' frithealadh làraichean eile agus a' siubhal thuca is bhuapa às leth na buidhne.

6.3 Cànan coinneamhan a' Bhùird
'S i a' Ghàidhlig cànan-obrach a' Bhùird. Cleachdar seirbhis eadar-theangachaidh gus seo a chur an gnìomh.

6.4 Cànan nam ball
Thig air na buill leasachaidhean ùra a thaobh cleachdadh, brosnachadh agus adhartachadh na Gàidhlig am measg an luchd-teagaisg a chur an gnìomh (faic 6.5).

Feumaidh gach Fèis oifigear Gàidhlig ainmeachadh a bhios an urra ris a' phoileasaidh Ghàidhlig agus gach nì a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig rè na Fèise.

Thèid cànan-obrach nam ball a stèidheachadh leis na buill fhèin, ach bhithear an dùil gun cleachdar a' Ghàidhlig aig gach tachartas ma tha sin air comas nam ball a tha an làthair.

Thathar an dùil gun cleachd com-pàirtichean nam Fèisean Gàidhlig gu ìre an comais, agus gun dèan na buill gach oidhirp gus teagasg a thoirt dhaibh a rèir na h-ìre fhileantais.

6.5 Luchd-teagaisg agus a' Ghàidhlig
Tha iomairtean aig Fèisean nan Gàidheal agus anns na coimhearsnachdan ionadail gus sgilean cànain an luchd-teagaisg adhartachadh aig gach ìre fileantais agus bheirear taic do luchd-teagaisg trèanadh cànain fhaighinn aig ìre a tha freagarrach dhaibh.

Thathar an dùil gum bi
- Co-dhiù beagan Gàidhlig aig an luchd-teagaisg gu lèir.
- Àireamh an luchd-teagaisg a tha fileanta sa chànan, agus comasach air teagasg tro mheadhan a' chànain, air a dhol am meud.

Chan fhaigh duine sam bith cead teagasg aig Fèis gun fhianais a thoirt seachad gu bheil iad air oidhirp a dhèanamh gus co-dhiù beagan Gàidhlig ionnsachadh.

Dleastanasan FnG
- Nì FnG oidhirp gus suidheachadh na Gàidhlig am measg luchd-teagaisg adhartachadh agus gum faigh an luchd-teagaisg trèanadh, taic, no eile, mar a tha iomchaidh.
- Tha stòr-dàta air a chur air dòigh gus sgilean Gàidhlig an luchd-teagaisg agus an t-adhartas a thathar a' dèanamh a chlàradh.

Dleastanasan nam ball
- Feumaidh gach Fèis cùmhnant a dhèanamh leis gach neach-teagaisg a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig an Fhèis. Faodaidh seo a bhith mar chumha den chùmhnant choitcheann.
- Feumaidh gach Fèis clas a chur air dòigh don luchd-teagaisg air fad airson sùil a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig aig Fèisean agus feallsanachd Iomairt nam Fèisean, agus airson abairtean is faclan feumail ionnsachadh don luchd-teagaisg nach eil fileanta.
- Chan fhaod ball neach-teagaisg fhastadh mas e 's nach eil e no i air oidhirp a dhèanamh gus co-dhiù beagan Gàidhlig ionnsachadh.

Dleastanasan an luchd-teagaisg
Bidh uallach air luchd-teagaisg nam Fèisean bho seo a-mach cur ri na sgilean cànain aca, agus dearbhadh a thoirt seachad a thaobh nan comasan cànain aca mus tèid iad a theagasg aig Fèis. Gheibhear taic mu choinneamh seo bho FnG.

Aig gach Fèis, leanar na prionnsabalan seo:

- Luchd-teagaisg aig a bheil fileantas: cleachdar a' Ghàidhlig cho fada agus a ghabhas gus àrainneachd Ghàidhlig a dhaingneachadh.
- Luchd-teagaisg aig diofar ìrean-fileantais: cleachdar a' Ghàidhlig uiread 's a ghabhas. Nithear gach oidhirp taic a thoirt seachad do dhaoine aig an ìre seo gus an cuid chomasan Gàidhlig a thoirt air adhart.
- Luchd-teagaisg gun Ghàidhlig: ionnsaichear abairtean sìmplidh a ghabhas cleachdadh ann an teagasg gus mothachadh a thoirt air àrainneachd Ghàidhlig nam Fèisean. Nithear gach oidhirp taic a thoirt do dhaoine aig an ìre seo gus an cuid chomasan Gàidhlig a thoirt air adhart.

6.6 Seirbhisean cànain do chom-pàirtichean

Feumaidh na buill teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a thabhann do chom-pàirtichean a tha fileanta sa chànan agus nithear cinnteach gun tèid comas-cànain nan com-pàirtichean a chlàradh aig a' chiad chothrom. Mur a h-eil àireamh nam fileantach àrd gu leòr airson clasaichean Gàidhlig a thabhann, feumaidh teagasg a bhith dà-chànanach.

Bidh a' Ghàidhlig air a teagasg do chom-pàirtichean aig nach eil Gàidhlig ann an co-dhiù aon seisean gach latha, le cur-seachadan/clasaichean aig ìre fhreagarrach. Cuirear clasaichean no cur-seachadan sònraichte air dòigh dhaibhsan a tha fileanta

6.7 Coinneamhan poblach, tachartasan sònraichte is eile

Thèid coinneamhan poblach, tachartasan sònraichte is eile a chumail sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach, le seirbhis eadar-theangachaidh ga tabhann.

7.0 Sgioba-obrach

7.1 Fastadh

Anns an àbhaist bidh leughadh, sgrìobhadh, labhairt is tuigsinn na Gàidhlig rin ainmeachadh mar sgilean riatanach anns a h-uile dealbh-obrach ùr no ùraichte aig a' bhuidhinn. Bidh na h-aon sgilean nam buannachd aig luchd-obrach nam ball, agus tha iad riatanach aig luchd-obrach nam ball a tha a' tabhann teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.

7.2 Taic-cànain agus trèanadh

Tha e air aithneachadh gum bi feum aig luchd-obrach na buidhne agus nam ball air taic làitheil le sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt is tuigsinn na Gàidhlig is thèid goireasan a liubhairt mu choinneamh sin. Thèid structar pearsanta a stèidheachadh gu foirmeil airson taic cànain do luchd-obrach sam bith le uireasbhaidhean susbainteach anns na sgilean gu h-àrd a bhios a' bualadh air an obair aca.

Thèid ionnsachadh is leasachadh air na sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt is tuigsinn na Gàidhlig a mheas mar thrèanadh a tha riatanach do dh'obair gach neach-obrach (pàighte no eile) aig a' bhuidhinn. Bidh seo mar phàirt de phròiseact-trèanaidh Fhèisean nan Gàidheal.

Thèid trèanadh a thoirt seachad ann an cuspairean nach eil a' buntainn ri cànan tro mheadhan na Gàidhlig, far an gabh e dèanamh, e.g. dìon-chloinne, teicneòlas, sgilean mheadhanan.

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Agenda Item: 1.2014.06(a)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg agam a' dèiligeadh dìreach ri cùisean air nach eil iomradh ann an aithisgean eile don Bhòrd.

Fèis Rois

Tha mi nam phrìomh oifigear airson Fèis Rois, agus mar as àbhaist, tha an Fhèis air a bhith air leth trang.

B' e Fèis Rois nan Deugairean an tachartas còmhnaidheach mu dheireadh a chaidh a chumail, ann an Ulapul eadar 7-11 Dàmhair 2013. Ghabh 100 duine òg pàirt ann, agus 's ann à Siorrachd Rois a bha 73 dhiubh sin. Bha 20% den fheadhainn a ghabh pàirt ann fileanta sa Ghàidhlig, agus bha cuimhne aig 47% den luchd com-pàirt air a' Ghàidhlig a dh'ionnsaich iad a' bhliadhna ron sin agus thog iad air na sgilean cànain sin aig an fhèis. Thuirt 79% den fheadhainn a ghabh pàirt gun do chòrd e riutha a bhith faighinn cothrom Gàidhlig a chleachdadh agus tlachd a ghabhail sa chànan aig an Fhèis.

Thadhail triùir luchd-ciùil òga bho Fhèis Rois air Bucharest san t-Samhain 2013. Chluich iad aig a' Bhàl Chailleanach gus airgead a thogail do bhuidhinn-charthannais leis an ainm 'Light in Europe'. Bha Tosgaire Bhreatainn an làthair aig a' Bhàl. Bidh 'Light in Europe' (www.lightintoeurope.org) ag obair le daoine òga aig a bheil duilgheadasan claisneachd no fradhairc. Fhad 's a bha iad ann am Bucharest, chùm an luchd-ciùil seiseanan ciùil coimhearsnachd còmhla ri feadhainn de na daoine òga sin.

Fhuair Innes MacIlleBhàin, fear a ghabh pàirt ann am Fèis Rois, Tabhartas Siubhail eadar-nàiseanta bho Chomhairle Bhreatainn is Comann Bratach na Croise tro aonta le Fèisean nan Gàidheal. Gheibh e Tabhartas luach £1,500 gus pròiseact rannsachaidh a thoirt gu buil, a' gabhail a-steach siubhal thall thairis, agus gheibh e teisteanas agus ballrachd de Chomann Bratach na Croise.

Sa Chèitean is san Ògmhios 2013, chuir Fèis Rois ceathrar luchd-ciùil òga a-null a dh'Astràilia gus cluich aig an Fhèis Cheilteach Nàiseanta ann am Portarlington agus gus modal ùr fheuchainn airson Cèilidh Fèis Rois air Chuairt, ann an Bhictòria. Thàinig an luchd-ciùil bho Astràilia a-nall an seo gus togail air a' cho-obrachadh seo eadar 23 Faoilleach is 2 Gearran 2014.

Tha triùir luchd-ciùil òga, a choinnich airson a' chiad uair nuair a bha iad an sàs ann an Cèilidh Fèis Rois air Chuairt ann an 2011, a-nis air an còmhlan, The Mischa Macpherson Trio, a stèidheachadh agus tha iad air a' gheàrr-liosta airson na Duais Òigridh airson Ceòl Traidiseanta aig BBC Rèidio 2. Gheibh iad a-mach an d' fhuair iad duais aig cuirm a thèid a chumail ann an Talla Rìoghail Albert ann an Lunnainn sa Ghearran.

Fhuair Fèis Rois £30,000 gus John Somerville, a chleachd a bhith gabhail pàirt san Fhèis, a bharantachadh gus obair ùr a sgrìobhadh mun 'Hector', long a sheòl bho Loch Bhraoin gu Pictou, ann an Alba Nuadh. Mar phàirt den phròiseact seo, bidh obair chom-pàirt ann le daoine ann an Canada is Astràilia agus thèid a' chuirm a chur air dòigh mar phàirt de Bhlas san t-Sultain.

Tha Fèis Rois a' stiùireadh obair gus Com-pàirteachas Ealain Òigridh a stèidheachadh le grunn bhuidhnean ealain a tha stèidhichte air a' Ghàidhealtachd, nam measg tha Fèisean nan Gàidheal.

Cinn-latha chudromach san Leabhar-latha bho chaidh a' choinneamh mu dheireadh a chumail

19.12.13 Coinneamh den Bhuidhinn Riochdachaidh airson Plana Gnìomhach Alba Chruthachail - cha robh sinn an làthair air sgàth an t-sneachda
15.01.14 An làthair aig coinneamh ann an Ulapul mu dheidhinn nam Com-pàirteachas Ealain Òigridh aig Alba Chruthachail
21.01.14 An làthair aig coinneamh de Bhuidheann-gnìomha Bhlas ann an Inbhir Nis
21.01.14 An làthair aig coinneamh le Amy NicLeòid bho High Life na Gàidhealtachd ann an Inbhir Nis
21.01.14 An làthair aig coinneamh le Fiona Dalgetty bho Fhèis Rois ann an Inbhir Nis

24.01.14 An làthair aig coinneamh le Àros agus Skyedance mu dheidhinn nam molaidhean airson Com-pàirteachas Ealain Òigridh
28.01.14 Coinneamh fòn den Bhuidhinn-ghnìomha aig Blas
04.02.14 An làthair aig coinneamh ann an Inbhir Nis le buidhnean an sàs ann a bhith leasachadh Com-pàirteachas Ealain Òigridh
07.02.14 An làthair aig coinneamh le Peter Carpenter agus a cho-obraichean bho Chomhairle nan Eilean Siar
10.02.14 An làthair aig coinneamh de ATLAS arts gus co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh luchd-iarrtais airson an Sgeama gus Tàlantan a Leasachadh
14.02.14 Coinneamh le Denvir Marketing (air am fastadh le HIE) air a' fòn
19.02.14 An làthair aig coinneamh den Bhuidhinn Riochdachaidh airson Plana Gnìomhach Alba Chruthachail ann an Dùn Èideann
20.02.14 Taisbeanadh do Bhuidheann Bhuileachaidh na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd
22.02.14 Dh'fhaodadh gum bi mi an làthair aig tachartas a bhios a' comharrachadh 10 bliadhna bho chaidh Fèis Inbhir Narann a stèidheachadh
28.02.14 Cuireadh gus a dhol gu tachartas ann am Port Rìgh bho Janet Archer aig Alba Chruthachail far am faod daoine coinneachadh ri chèile

Ainm	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Gu làitheil tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh agus an obair anns a bheil iad fhèin an sàs le na Fèisean aca.

Air na trì miosan a dh' fhalbh tha mi air a bhith a' cuideachadh na Fèisean a tha mi fhìn a' cumail taic ris gu cunbhalach agus na Fèisean ann an Sgìre Earra-Ghàidheal. 'S e am trang a bh'ann le a bhith lìonadh foirmichean tabhartais agus bha mi bruidhinn ri tòrr dha na Fèisean airson taic a chumail riutha a bhith a' lìonadh na foirmichean seo.

Bidh Fèis Dhùn Eideann agus Fèis Ìle a' tachairt fhad 's a tha na sgoiltean dheth sa Ghearran. Tha na h-àireamhan aca am bliadhna suas air na bh' aca an uiridh.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dheanmah**

Tha ùidh làidir air nochdach bho thidsear ciùil ann an Cille Bhrighde an Ear gus Fèis ùr a thòiseachadh 's tha i airson coinneachadh rium sa bhliadhn ùr gus leudachadh air na beachdan a th'aige agus daoine san sgìre sin.

Mar phàirt de phlana Ghàidhlig Shiaboist tha an coimhearsnachd ag iarraidh gun tèid clasaichean Fèise (seinn is ceòl) a thabhann do chlann a sgìre, 's tha mi gu bhith coimhead air na dòighean às fheàrr airson seo a lìbhrigeadh air na mìosan a tha romhainn.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean.**

Tha grunn phròiseactan air taic-airgid fhaighinn bhon Mhaoin Leasachaidh am bliadhna nam measg;

- Fèis Bharraigh – Pròiseact Cultarail stèidhichte air beatha thràidiseanta air an eilean.
- Fèis Eilean na Hearadh – Pròiseact pìleat airson deugairean aig am prìomh Fhèis aca.
- Fèis an Earraich – Pròiseactan fuaim, meadhanan is clàradh a' ruith airson daoine a tha 16-25 bliadhna a dh' aois
- Fèis Inbhir Narainn – Latha Fèise sònraichte le ceòl, òrain is obair-bhuidhne le cur-seachadan fa-leth airson clann fo aois 8.
- Tha grunn òigridh air taic fhaighinn bhon sgeama leasachaidh gus an cùrsa trèanaidh do luchd-teagaisg a fhrithealadh.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh sinn a' cumail oirnn a' tabhann cothroman Gàidhlig ionnsachadh do luchd-teagaisg nam Fèisean an dà chuid aig bùithtean-obrach ann an diofar sgìrean agus aig Fèisean fhad 's a tha na tachartasan ac' a' gabhail àite.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Bidh 5 Latha 2014 a' gabhail àite eadar 7-12 Giblean. Tha 20 com-pàirtiche gu bhith againn am bliadhna, an àireamh as motha a th' air a bhith againn gu ruige seo.

AC9 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Anns a' bhlaidhn a chaidh seachd tha Sgioba-G air a bhith aig Fèis a' Bhaile, Fèis Spè, Fèis na h-Òige, Fèis Lochabair, Fèis an Iar Thuath, Fèis Cheann Loch Ghoibhle, Fèis Dhùn Èideann agus Fèis Fhoirt air abhliadhna a dh' fhalbh a' toirt taic do chom-pàirtichean beagan Gàidhlig ionnsachadh agus a neartachadh na sgilean labhairt a th' aca mar tha.

AC12 **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Tha na h-òrain a chaidh a sgriobhadh anns a' phròiseact ann an co-bhonn le Watercolour air an làrach. Tha sinn a' feuchainn ri taic a chumail le sgriobhadh òrain ùr aig gach cothrom, 's tha e cuideachd math a bhith faicinn gu bheil cuid dha na Fèisean a brosnachadh na com-pàirtichean aca fhèin a bhith sgriobhadh òrain ùra.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh sinn a' cumail oirnn a tabhann cothroman trèanaidh do luchd-obrach, luchd-tegaisg agus luchd-saor-thoileach nam Fèisean ann an diofar seòrsa chuspairean.

Mar luchd-obrach bidh sinn a' dèanamh co-dhiù ceithir seiseanan trèanaidh còmhla agus cho fad 's is urrainn bidh iad seo tro mheadhain na Gàidhlig. Air a bhliadhna chaidh seachad tha sinn air obair na meadhanan, dealbhadh graificeach agus taisbeanaidhean powerpoint, gràmair, gnathasan cainnte agus seann-fhaclan a dhèanamh mar cuspairean.

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air an riochdachadh aig coinneamhan de Fhoram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig agus cuideachd Buidhean Ciùil airson Òigridh na Gàidhealtachd ai a bheil làrach-lìn ùra - www.highlandyouthmusic.org.uk

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Air na miosan a chaidh seachad tha sinn air a bhith ag obair gus program 2014 a tharraing ri cheile. Am bliadhna tha sinn ag iuarraidh gum bi na Fèisean an sàs barrachd aig ìre choimhearsnachd 's gu bheil na buannachdan à Blas airson nam Fìesean a' dol am meud.

Dh' ullaich mi iarrtas airson biadh is deoch a bhith mar phàirt den tachartas ach gu mì-fhortanach cha do shoirbhich leinn. Tha sinn a' coimhead ri dòighean eile seo fhaighinn mar phàirt de ghnothaichean.

AC21 **A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig**

Tha sinn ag obair gu dlùth leis an oifigear Ghàidhlig tro choinneamhan Ngas agus mar phàirt den Lionradh Dràma Ghàidhlig.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Gu ruige seo tha sinn air cùmhnantan a lìbhrigeadh do Chomairle Pheairt is Cinn Rois 's tha sinn a-nis a' toirt seachad cùmhnant do Chomairle Rinn Friù mar phàirt de phrogram YMI na sgire.

Tha dà phròiseact againn a' ruith an-dràsta ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd. Tha seachd sgoiltean ann an Gallaibh agus Dùthaich MhicAoidh agus naoi sgoiltean ann an Lochabair a' faighinn deich seachdainean de theagasg Ghàidhlig tro Fèisgoil. Bidh seo a' ruith suas chun na Càisge.

Tha sinn cuideachd a' bruidhinn an-dràsta ri Comhairle Bhaile Ghalaschu mu phròiseact 10 seachdainean a dhèanamh le deich sgoiltean bhon Lunastal 2014.

Tha sinn air a bhith bruidhinn ri Ùghdarrasan Ionadail eile 's tha sinn gu math dòchasach gu bheil tuilleadh cothroman ann cùmhnantan a bharrachd a buannachadh, 's gum bi sinn a lìbhrigeadh seirbheisean Fèisgoil ann an grunn sgìrean.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015.**

Ann an co-bhonn le Eden Court chaidh iarrtas a-steach don mhaoin airson Dràma Ghàidhlig 's bha sin soirbheachail. Bidh sinn ag obair le tri àrd-sgoiltean ann an taobh tuath na Gàidhealtachd ag obair air sgriobtaichean ùra agus sgìlean dràma a leasachadh do na sgoilearan le latha taisbeanaidh dè na pìosan ùra a' gabhail àite san t-Sultain.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG1 **Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig**

Tha sinn a' brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig gach cothrom, tro thachartasan Fèise, Blas agus cothroman sam bith far am b'urrainn dhuinn seo a dhèanamh. Tha sinn a' neartachadh na ceangalan a th'againn le Comunn nam Pàrant anns na diofar sgìrean anns a bheil an dà bhuidheann againn ag obair air feadh na dùthcha.

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha an co-obrachadh seo a' leanntainn 's tha ainn a' clàradh an obair agus na h-uairean a tha sinn a' dèanamh mu choinneamh na diofar sgìrean. A bharrachd air an obair àbhaisteach, tha sinn a' cumail cofaidh is comhradh gach Dimàirt ann am Port Righ, 's tha sinn ag amas air seo a chumail nas cunbhalaiche ann an Inbhir Nis. Cuideachd anns a' bhliadhn ùr, tha sinn an dùil a bhith ag obair gu dlùth le Oifigear CnaG gus taic a chuir ri plana Gàidhlig Shiaboist le cohtroman ionnsachaidh a bharrachd air a thabhann do chlann san sgìre.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Tha na Fèisean gu lèir a' cur an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne le taic cunbhalach bho na h-oifigearan leasachaidh. Tha luchd-teagaisg nam Fèisean a dèanamh adhartas le bhith a cleachdadh na Gàidhlig agus a' gabhail na cothroman trèanaidh a tha air an tabhann dhaibh.

Tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal a' faighinn trèanadh Ghàidhlig chunabhalach aig ìre a tha freagarrach dhaibh. Tha sinn cuideachd a' feuchainn ri cuid dhan an trèanadh eile againn a dhèanamh tro mheadhain na Gàidhlig mar na meadhanan, dealbhadh graificeach, sgilean taisbeanaidh is eile.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Aig Blas 2013 dh' obraich sinn gu dluth le Comhairle nan Leabhraichean, Clì agus An Comunn Gàidhealach agus ghaibh iad pàirt anns an Fhèis ann an diofar dhòighean 's bidh sinn ag amas air seo a leudachadh le na buidhnean seo agus tuilleadh buidhnean airson an ath fhèis. Thèid seo a leudachadh agus a neartachadh airson Blas 2014.

Chum sinn taic le 6 mòdan ionadail le teagasg airson co-fharpaisich air thoiseach air na tachartasan aca. Bha seo mar phàirt de cho-obrachadh ùra leis a' Chomunn. Tha sinn a-nis a' planadh airson na mòdan ionadail a bhios a' tachairt ann an 2014.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Gu ruige seo tha sinn air cùmhnantan a lìbhrigeadh do Chomairle Pheairt is Cinn Rois 's tha sinn a-nis a' toirt seachad cùmhnant do Chomairle Rinn Friù mar phàirt de phrogram YMI na sgire.

Tha dà phròiseact againn a' ruith an-dràsta ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd. Tha seachd sgoiltean ann an Gallaibh agus Dùthaich MhicAoidh agus naoi sgoiltean ann an Lochabair a' faighinn deich seachdainean de theagasg Ghàidhlig tro Fèisgoil. Bidh seo a' ruith suas chun na Càisge.

Tha sinn cuideachd a' bruidhinn an-dràsta ri Comhairle Bhaile Ghalaschu mu phròiseact 10 seachdainean a dhèanamh le deich sgoiltean bhon Lunastal 2014.

Tha sinn air a bhith bruidhinn ri Ùghdarrasan Ionadail eile 's tha sinn gu math dòchasach gu bheil tuilleadh cothroman ann cùmhnantan a bharrachd a buannachadh, 's gum bi sinn a lìbhrigeadh seirbheisean Fèisgoil ann an grunn sgìrean.

BnG7 **Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh**

Tha sinn a' toirt cothrom do BnaG aithris a chuir ann an cuid dha na brathan naidheachd againn. Tha a h-uile pìos naidheachd a tha sinn a' sgaoileadh air a chuir dhan Bhòrd.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2014**

Tha 20 sgoilear air iarrtas a chuir thugainn airson 5 Latha 2014, a bhios a' gabhail àite eadar 7-12 Giblean.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Tha Fèisean nan Gàidheal a bruidhinn agus a' cumail conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Cultarail. Tha sinn a' gabhail pàirt ann an coinneamhan de Foram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig a bhios air a chuir air dòigh leis an t-oifigear agus Bòrd na Gàidhlig.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Tha sinn ag obair gu dluth le na Fèisean airson a bhith cinnteach gu bheil seo a' tachairt. Tha sinn a' cuideachadh luchd-teagaisg a bhith ag ionnsachadh agus a bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine 's leanaidh an obair seo anns an àm ri teachd.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean

bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh. Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 44 Fèis ann an 2013-14 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh.**

Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2013-14 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (37 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £210,899.00 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £118,232.75 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 35 Fèisean.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**

Gu ruige seo tha suim airgead £4,500 air a chur ma seach airson sgeama leasachaidh 13/14. Chaidh £2,122 a' phàigheadh a-mach gu ruige seo.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom.**

Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2013-14 agus le bhith stèidheachadh Fèisgoil, tha againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI. Fhuair sin £219,511 a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd agus tha sin a dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a pàigheadh a-mach airson an luchd-teagasg agus na Fèisean air am pàigheadh gu cunbhalach.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Tha tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail. Tha Fèisean a'deasachadh airson Cuairt 2014.

AC18 **Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba.**

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

<u>Maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 13/14.</u>

Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan bliadhnail gu 31 Màrt 2014 agus ràitheil gu 31 Dùbhlachd 2013 a cuir air dòigh.
Fhuair sin airgead nam bliadhna air fad, £352,500.00 air a-staigh bho Alba Cruthachail.
Airgead ràitheil bho Bòrd na Gàidhlig, £140,000.00, cuid an ràithe mo dheireadh air tighinn a-staigh a-nis.
£46,444.00 (100%) airgead Commhairle na Gàidhealtachd gu lèir air tighinn a-staigh
£126,766.50 bho Iomairt na Gàidhealtachd, cuid an treas ràithe air tighinn a-staigh
£10,880 (85%) bho Comhairle nan Eilean
£20,000 (100%) bho Earra-Ghaidheal is Bhòid

<u>Maoineachadh 12/13</u>
Thàinig £36,415.25 air a-staigh bho LEADER.

Bha sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus biodh gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2014. Tha seo leanntaineach agus anns An Giblein thug sin sùil gheur air am bùidseat a-rithist airson dèanamh cinnteach gu ro e cothromach. Thug sin sùil eile ar aig toiseach an Fhaoilteach.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith.**

Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.

Tha sin air tòrr fàirdealan air a pàigheadh a-mach airson Blas 2013.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt.**
Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2013. Tha £43,200 air a dol a-mach gu Fèisean airson na Cèilidhean air Chuairt. Tha sin fhathast a fèitheamh ri airgead na bliadhna n-uiridh bho LEADER Earra-Ghaidheal.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**
Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail.**
Chaidh Co-labhairt 2013 a chumail ann an Dùn Eideann air 27 is 28 Sultain 2013. Bha 19 Fèisean an làthair agus bha Fiona Hyslop, BPA agus Janet Archer, Alba Cruthachail, air aoigheachd againn.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh.**
Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha mi a' cur ghoireasan sgeama tuarastail air dòigh do Fèis a' Bhaile, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh. Tha mi toirt taic do Fèis Spè airgead a tarraing a-staigh bho LEADER agus le gnothaichean goireasan daoine.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**
Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. (Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte) Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas.
Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd.**
Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean. Tha sinn cuideachd a' toirt sùil air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne agus bha trì làithean treanaidh againn do luchd-obrach am bliadhna. Bha dà latha trèanadh agam còmhla ri na h-oifigearan leasachaidh a dol seachad air sgeama tabhartasan.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG2 **A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt.**
Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh suas, tha sin air 53% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth airson am bliadhna 2012/13, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas nas motha. Tha sin a toirt a-staigh airgead rianachd airson pròiseactan a tha sin a cur air dòigh. Tha £97,850.00 a tighinn a-staigh airson pròiseactan àbhaisteach ann an 13/14.

InG4 **Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015.**
An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Tha feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt gun chumail sna sgìrean cugallach. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist.**
Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a' dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus bruidhinn air mar a tha

cùisean a' tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha luchd-obrach air fad ag obair uairean airson nan Iomairtean agus tha sin a clàradh seo, tha 1340 uairean air an clàradh airson am bliadhna ionmhais 12/13. Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.**

Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair a h-uile buidheann Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig an luchd -obrach againn . Tha Seonag Anderson aig Clì a toirt taic le feumalachdan Gàidhlig luchd-obrach agus luchd-teagasg. Tha sin a toirt fiosrachadh tachartasan anns an sgìre do Sine Gillespie aig CnaG, a h-uile ràithe.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le tabhartasan maoineachaidh, àrachas (tha àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2013 le àrachas ùr iomchaidh), stòras ionnstramaidean (air a deagh cleachdadh), trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2013-14.

CnG4 **Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £21,192 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air £115,881 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2013-14, a' gabhail a-steach an £21,192 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

CnG5 **Dèan cinnteach gu bheil £24,253 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal.**

Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £24,253, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

Builean Chomhairle nan Eilean Siar

Cnes 1 **£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2013-14 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £39,058 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh. Tha sin air £24,769.00 air a' pàigheadh a-mach gu Fèisean gu ruige seo.

Cnes 2 **Thèid £2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.**

Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

AB1 **£9,000 den mhaoineachadh bhon Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2013-14 a chosg sa sgìre a-rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £26,584 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,000 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh. Tha £8,858 air a'phàigheadh a-mach gu Fèisean gu ruige seo.

AB2 **Thèid £11,000 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.**

Thèid an £11,000 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Ainm	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bha latha trèanaidh aig luchd-obrach tro mheadhan na Gàidhlig air planadh agus sgilean taisbeanaidh. Chaidh an latha a chumail ann am Port Rìgh air 29 An Cèitean, aig Oifisean HIE, Port Rìgh. Chaidh 2 seiseanan-trèanaidh tro mheadhan na Gàidhlig air Dìon chloinne agus Measadh Chunnairt a chumail às t-Samhradh.

Chaidh seisean eile a chumail air Abairtean agus gnàthsan-càinnt ann am Ploc Loch Aillse air 18 an Dubhlachd, air a stiùireadh le Ailig Dòmhnallach. Tha dithis bho na fèisean a' clàrachadh le SMO airson Cùrsa Comais/Adhartais.

Chaidh na choinneamhan luchd-obrach uile a chumail sa Ghàidhlig.

Tha trèanadh dha na fèisean ionadail ri fhaotainn sa Ghàidhlig, ma tha iad gan iarraidh, agus chaidh trèanadh Dìon Chloinne a thoirt seachad do Mhuriel NicSuain (FENH) sa Ghearran 2014.

Tha clas Gàidhlig iomadh-ìre mar phàirt de Ire 1 trèanadh luchd-teagaisg – thèid an clas a theagasg le Muireall Urchadan, le ro-ràdh air Gàidhlig anns na Fèisean le Iona NicDhòmhnaill. Bidh Ire 2 agus 3 ag ionnsachadh òrain Ghàidhlig cuideachd.

AC10 **A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin**

Thathar a-nis air 7near fhasdadh airson na Pròiseict Fuaran (a' cruinneachadh òrain), agus chaidh coinneamh agus seisean trèanaidh a chumail air 29 An t-Samhain aig Sabhal Mòr Ostaig air dòighean cruinneachaidh agus modh. Chaidh seo a' làimhseachadh an co-bhonn le Tobar an Dualchais, agus ghabh dithis pàirt air Skype.

'S e na compàirtichean agus na sgìrean aca Ellen NicDhòmhnaill (Inbhir Nis/Uibhist a Tuath); Eilidh NicPhàidean (Tiriodh); Clare Jordan (A' Choingheal/Ìle), Morvyn Menzies (Peairt); Ruairidh MacCarmaig (An t-Eilean Sgitheanach); Ceitlin Nic a' Ghobhainn (Nis); Mischa Nic a' phearsain (Leòdhas/Beinn a' Bhaoghla).

Bidh na compàirtichean ag obair gu saor-thoileach, ach gheibh iad Duaisean Saltire agus teisteanas bho SMO/FnG airson crìoch a chur air cùrsaichean, a bharrachd air taic le cosgaisean riatanach.

Tha na compàirtichean a' cruinneachadh òrain an-dràsra, agus an uairsin gan rannsachadh agus gan deasachadh airson clàradh.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bha seiseanan-thrèanaidh le fèisean gu h-ionadail ann an Uibhist, na Hearadh, Glaschu, Port Rìgh, An Gearasdan agus Leòdhas (Dìon Chloinne, Deagh Phractas, Togail Airgid, Measadh Chunnairt, a rèir feum), agus chaidh seisean àraid a chur air dòigh air togail airgid ann an Inbhir Nis, le Fèis an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Innis an Uillt, Fèis Cholla, Fèis Fhoirt, Fèis Dhùn Bhreatainn, Fèis Dhùn Èideann, Fèis Lochabar, Fèis Rois, Fèis Spè, Fèis Ghleann Albainn agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal far an robh e iomchaidh. Rinn oifigearan Fèis Innis an Uillt, Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Eige agus Fèis Eilean na Hearadh trèanadh air Dion Chloinne aig toiseach 2014.

Ghabh 64 compàirtichean pàirt ann an trèanadh nam fèisean eadar 1 Gearran agus 31 Màrt 2013, agus 38 eadar 1 Giblean agus 30 Samhain 2013, agus 5 eadar 1 Dùbhlachd 2013 agus 18 Gearran 2014. Thèid trèanadh luchd teagaisg a chumail aig SMO air 22/23 Gearran 2014, agus tha àite air a ghlèidheadh do Fèis Fhoirt, Fèis Lannraig a Tuath agus Fèis Rois, a bharrachd air daoine a tha gan glèidheadh dhaibh fhèin. Tha fiosrachadh ri fhaotainn air an làrach lìn.

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd**

nan Ealain Gàidhlig

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail pàirt san iomairt "Celtic Neighbours", aig a bheil buill anns a' Chuimrigh, Èirinn, agus Alba. Tha mi air a' bhòrd-stiùiridh de Cheltic Neighbours CIC. Tha Alba Chruthachail/Bòrd na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealan cuideachd a chur ris. Bha co-labhairt "Tional" gu math soirbheachail aca, le com-pàirtichean às iomadh dùthaich. Prògram ri fhaotainn an seo . Gheibhear aithisg agus gailearaidh air www.celtic-neighbours.eu

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Cuairt nam Bàrd - Chaidh sgioba Albannach a-null a dh' Èirinn sa Ghiblin, le Meg Bateman, Gillebrìde MacIlleMhaoil, Sìneag Nic an t-Saoir agus Ailean MacEanraig, còmhla ri Iona NicDhòmhnaill.

Bha cuairt mar phàirt de Bhlas ann, le Proinsias Mac a' Bhàird, Ceaiti Ni Bheildiùin, Eithne Ni Chatháin agus Pádraig Keane. Chaidh taic a chumail riutha le Conall MacIlleChiar, Niall Caimbeul, Cailean MacIlleathain, Crìsdean Dòmhnallach, Rody Gorman, Dòmhnall S Murray agus Rona Lightfoot.

Fhuaras naidheachd dhuilich nach bi na compàirtichean Èireannach againn ann às dèidh Ògmhios 2014, oir chaill iad am maoineachais. Tha iad an dòchas gun gabh buidheann eile thairis dleasdanas airson na h-iomairt seo, ach dh' fhaodadh buaidh a bhith aig seo air an iomlaid, agus air Blas san àm ri teachd.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Faic AC19.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas PVG aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Thathas a chumail poileasaidh fo sgrùdadh, agus a' toirt taic le bhith ga chur an gnìomh. Tha seiseanan trèanaidh a ruith gu cunbhalach.

Chan eil an sgeama deònach barrachd na 25 teisteanasan "retrospective" a dhèanamh gach mìos, agus mar sin tha e cudromach gun lean na fèisean fhèin am poileasaidh Dìon-Chloinne againn a-thaobh trusaidh agus fèin-sgrùdaidh.

Tha trèanadh air Dìon Chloinne mar phàirt de thrèanadh luchd-teagaisg sa Ghearran, còmhla ri Gillian Pincock, agus do chuid de na fèisean ionadail. Fhuair luchd leasachaidh nam fèisean trèanadh (tro mheadhan na Gàidhlig) ann an Dìon Cholinne agus Measadh Chunnairt aig toiseach an t-Samhraidh, agus tha 5 air trèanadh Dìon Chloinne a dhèanamh eadar Am Faoilleach agus An Gearran 2014.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG6 **A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail iomadh turas thar na bliadhna (112 sa bhliadhna gu 31/3/13), agus tha Fèisean nan Gàidheal a' cur pròram ri chèile an-dràsta gus clasaichean a bharrachd a thoirt seachad.

Bha seiseanan-thrèanaidh le fèisean gu h-ionadail ann an Uibhist, na Hearadh, Glaschu, Port Rìgh, An Gearasdan agus Leòdhas (Dìon Chloinne, Deagh Phractas, Togail Airgid, Measadh Chunnairt, a rèir feum), agus chaidh seisean àraid a chur air dòigh air togail airgid ann an Inbhir Nis. Bha riochdairean aig na seiseanan bho Fèis an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Innis an Uillt, Fèis Cholla, Fèis Fhoirt, Fèis Dhùn Bhreatainn, Fèis Dhùn Èideann, Fèis Lochabar, Fèis Rois, Fèis Spè, Fèis Ghleann Albainn, agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal far an robh e iomchaidh. Chaidh seisean (air Dion Chloinne agus Meadhanan Sòisealta) a chumail ann an Leòdhas le Fèis an Rubha (18 Cèitean) agus thathar an dùil seisean a ruith san Òban fhathast.

Thèid dèiligeadh ri iarrtasan trèanaidh aon-neach a rèir feum, buidseat, agus dlùthachd. Tha FnG a' cuir fiosrachadh mun cuairt bho leithid Colaiste na Gaidhealtachd an Iar, Sabhal Mòr Ostaig agus SCVO mar a thig e a-mach.

Thairis air na 12 mìosan mu dheireadh, tha 105 air pàirt a ghabhail.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Cofaidh is Còmhradh a' ruith gach seachdain aig oifis Phort Rìgh airson uair dhen uaireadair. Tha dithis às a' choimhearsnachd a' tighinn gu cunbhalach airson na sgilean còmhraidh aca a thoirt air adhart, agus thig daoine a bharrachd bho àm gu àm gach Dimàirt aig àm loin.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Faic AC 5

Chaidh trèanadh air dòighean cruinneachaidh a thoirt seachad gu compàirtichean air a' phròiseict "Fuaran" air 29/11, air a làimhseachadh leam fhìn agus le Mairead Dhòmhnallach, Tobar an Dualchais.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Iomairt, Clì, CnaG – Trèanadh agus taic. A' cleachdadh Clì airson tidsear Gàidhlig aig na clasaichean luchd-obrach agus clasaichean luchd-teagaisg a rèir feum. A' frithealadh choinneamhan Lasair – coinneamh mu dheireadh air 25 An t-Samhain.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhal Cuairt nam Bàrd air Sgoil Lionacleit as t-Sultain, ged nach robh mòran chloinne san èisteachd.

Thairis air na còig oidhcheannan, bha gann 5near ann aig aois sgoile, agus leis a' chlàr ama teann, cha d' fhuaras cothrom tadhail air na sgoiltean tro na làithean-sgoile.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Ag obair gu cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair gus an iomairt "Celtic Neighbours" a chur air adhart, agus air pròg raman maoineachaidh.

Obair a bharrachd

Poileasaidhean

Ann an co-bhonn le Calum Alex Mac a' Mhaoilein agus Dubhghlas Beck, tha mi air ùrachadh a thoirt air Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal, agus tha dreach ri fhaotainn a measg pàipearan na coinneimh.

Colaiste Ghàidhealtachd an Iar – Buidheann Chomhairleachaidh nan Ealain Chruthachail

Tha mi air cuireadh fhaighinn a bhith nam bhall dhen bhuidheann seo, a tha ann airson càirdeas nas èifeachdaiche a bhrosnachadh eadar a' cholaiste agus saoghal obrach. Thèid tri choinneamhan a chumail sa bhliadhna, a' gabhail a-staigh an ceumnachd. Chaidh a' chiad choinneamh a chumail air 6 An Gearran. Thèid an ath choinneamh a chumail sa Chèitean.

YMI – Sgrùdadh agus Measachd Luchd-teagaisg

Tha mi gu bhith a' toirt taic dhan sgioba seo gus sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air luchd-teagaisg YMI aig toiseach na bliadhna 2014. Thèid na ciad sgrùdaidhean air adhart air 27 An Gearran agus an còrr eadar sin agus 10 Am Màirt.

Sabhal Mòr Ostaig UHI – A' teagasg Ciùil 1

Cha tèid seo air adhart am bliadhna.

Ainm	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.

Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 14 Fèisean.

AC16 **Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach (www.feisean.org/shop.html).

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bùithtean, m.s.a.a. Tha mi a cur a-mach fiosrachadh gu Fèisean gu cunbhalach. 'Se cothrom math tha ann airson airgead a thogal.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Chan eil ceann-latha neo àite againn fhathast airson na Coinneimh Bhliadhnail 2014.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil agus clarsaich airson clasaichean aig an àm seo.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Ceangailte ri BnG10.

Ainm	Dougie Beck
Dreuchd	Oifigear Drama

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Tha mi an-dràsta a' deisleachadh mu choinneamh cuairt Meanbh-chuileag na bliadhna sa, 's mi a' sgrìobhadh sgriobt airson dealbh-cluiche ùr aon-neach (le "Obair-beatha Crìochnachadh" mar thiotal sealach) a bhios ag innse sgeulachd saighdear òg à Gairbh a dh'fhalbh dhan Fhraing aig àm a' Chogaidh Mhòir. Bidh mise agus Aonghas a' tadhal air sgoiltean (aig an aon àm ach ann an diofar sgìrean) leis an dealbh-cluiche ron t-samhradh. Bidh tionndadh Beurla air an rathad mar phàirt de phrògram sgoiltean Blas, is bidh sinn cuideachd ga chuairteachadh air sgoiltean Bhraghad Albainn.

Panto
Bha Panto 2013, Seasaidh agus Sgeul nan Sàilean Seunta a cheart cho soirbheachail ri panto sam bith a rinn sinn roimhe. Às dèidh seachdain de dh'ullachadh, rinn sinn taisbeanaidhean ann an Dùn Omhain, an t-Òban, Ìle, Comar nan Allt, Dùn Èideann, Bishopbriggs, Glaschu, Inbhir Pheofharain, Inbhir Nis, Steòrnabhagh, an Tairbeart, Port Rìgh, an t-Àth Leathain, Slèite, Malaig agus an Gearasdan, a' gabhail a-staigh dà thaisbeanadh a bha fosgailte don phoball. Uile gu lèir chunnaic timcheall air 1600 e.

Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar
'S e 7 Cèitean an ceann-latha a th' againn airson latha-taisbeanaidh na bliadhna sa, ach tha seo fhatahst ri aontachadh le na sgoiltean uile. Tha sgoil no dhà ri dearbhadh fhathast am bi iad a' gabhail pàirt sa phròiseact am-bliadhna, ach tha mi mar-thà air dà dhealbh-cluiche a sgrìobhadh do sgoiltean, is tha feadhainn eile air a bhith ag obair air an ceann fhèin.

Sgoil Shamhraidh
Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**
Tha mi an dùil a bhith an sàs ann a bhith a' deasachadh stuthan-teagaisg Gàidhig do ghrunn Fhèisean am-bliadhna.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**
As t-Sultain an-uiridh chuir mi seachad latha aig an Alltan Bheag a' lìbhrigeadh seiseanan air mar a ghabhas pupaidean a chleachdadh le clann òga. Gus a' bhùth-obrach seo a leasachadh beagan tha mi air seisean an asgaidh a dhèanamh do sgoil-àraich B-s Ghàidhlig a' Ghearasdain, is bidh mi a' dèanamh latha CPD do thidsearan sgoil-àraich B-s Achadh an Todhair Uaraich sa Ghearran. Tha e mar amas dhomh a' bhùth-obrach seo a leasachadh is a reic do Chomhairle na Gàidhealtachd is do dh'ùghdarrasan ionadail eile.

Tha mi cuideachd air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith ag ullachadh mu choinneamh Fèisgoil, an dà chuid a thaobh a bhith ag ullachadh stuthan is a' coinneachadh is a' toirt taic dha na h-oidean.

Faic shuas airson fiosrachadh mu Fhèis Dhràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**
Mar a thuirt mi gu h-àrd tha mi an sàs ann an leasachadh Fèisgoil, is tha trèanadh an lùib sin don luchd-oide a bhios an sàs ann. Tha sinn air aithneachadh gu bheil feum air barrachd dhaoine a thrèanadh gus am bi iad comasach air clasaichean dràma a theagasg, Sgioba G a lìbhrigeadh agus cuideachd obair Fèisgoil a lìbhrigeadh ann am barrachd sgìrean. Tha mi fhìn gu pearsanta a' coimhead ri teisteanas MiDAS fhaighinn, an dà chuid airson 5 Latha agus SSD2014.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**
Faic gu h-àrd airson fiosrachadh mu Fhèis Dhràma Earra Ghàidheal is Loch Abar.

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mu SSD2014.

Fhuair sinn dearbhadh o chionn beagan seachdainean nach bi am pròiseact Homecoming aig Chas Dòmhnallach a-nise a' dol air adhart leis nach do shoirbhich leis le tagradh son maoineachadh, is tha e nise den bheachd nach fhiach e dhol air adhart leis. Ged a bha sinne gu mòr airson a bhith an sàs ann, tha sinn leis a thaobh seo oir tha sinn air ùine gu leòir a chosg air a' phròiseact gun dad air tighinn às.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**
Thadhail Panto 2013 air a' mhòr-chuid de na sgìrean iomairt (is bha e uaireannan comasach do clann is inbhich bho sgìrean eile thighinn ga fhaicinn).

Tadhlaidh Meanbh-chuileag air a h-uile sgìre Iomairt ann an 2014, agus cuideachd air sgìrean far a bheil leasachadh ga dhèanamh a thaobh na Gàidhlig.

Rinn mi obair ann am Muile is Àird nam Murchan às leth FilmG an-uiridh, is tha am fiolm a rinn Àird nam Murach air a' gheàrr-liosta (tha agus fear de na fiolmaichean a rinneadh an-uiridh aig an Sgoil Shamhraidh).

Thèid an Sgoil Shamhraidh a chumail am Port Rìgh a-rithist am-bliadhna, agus bidh trì taisbeanaidhean poblach air an cur air adhart mar phàirt dhe sin: 2 oidhche dhràma ann an Àros, agus seisean dràma-sràide ann an ceàrnag Shomhairle.

Aig an ìre seo bidh 2 bhun-sgoil Abrach an sàs anns an Fhèis Dhràma san Òban sa Chèitean (tha mi an dòchas gun tig na trì dhiubh air fad air bòrd).

Tha obair a' dol air adhart a thaobh seiseanan Tuigse air a' Ghàidhlig aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Bha mi gu mòr an sàs ann a bhith a' deasachadh nan stuthan-teagaisg, tha mi air coinneachadh dà thuras leis an fhear a tha lìbhrigeadh nan seiseanan, is bidh mi tadhal air an taigh-tasgaidh air a' mhìos seo fhèin gus sùil a thoirt air na seiseanan.

Tha mi air aontachadh seachdain a chur seachad ag obair san Taigh-tasgaidh Nàiseanta às leth Comann nam Pàrant sa Ghiblean mar phàirt de sheacdhain Dhùn Èideann.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Thuige seo tha sinn air dà latha trèanaidh a chur air dòigh do luchd-teagaisg ùra.

Bha mi an sàs gu mòr ann a bhith a' deasachadh nan stuthan-teagaisg airson nan clasaichean Fèisgoil a tha a' dol air adhart an-dràsta, is tha mi gu tric a' conaltradh leis an luchd-teagaisg a tha an sàs annta.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Faic aithisg Aonghais airson fiosrachadh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha fèill mhòr neo-fhoirmeil air an leabhran a chuir mi chèile don Stòrlann mu bhith cleachdadh phupaidean le clann òga, is tha mi air iarrtasan fhaighinn bho sgoiltean thighinn a thadhal orra ach an dèan mi bùth-obrach còmhla ris an luchd-teagaisg aca.

Chaidh iarraidh orm a bhith an sàs ann an seachdain Dhùn Èideann (CnamP) as t-earrach an ath-bhliadhna.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha FnG ann an conaltradh le grunn ughdarrasan an-dràsta mu Fhèisgoil.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

Aig an ìre seo (meadhan a' Ghearrain), tha 14 air cur a-staigh airson SSD2014, is tha sinn air leth toilichte leis an àireamh seo. Tha sanasachd cheart dìreach air a dhol a-mach gu àrd-sgoiltean, is mar sin tha sinn an dùil ri iarrtasan eile ron cheann-latha mu dheireadh aig toiseach a' Ghiblein. Tha planaichean aig ìre adhartach a thaobh luchd-teagaisg agus cruth na sgoile; tha an ostal air a cur air dòigh, tha Àros air a chur air dòigh airson na h-oidhche mu dheireadh, tha Daibhidh Walker againn mar stiùiriche agus tha sinn air dreach fhaicinn den sgriobt air am bi na com-pàirtichean ag obair.

BnG11 **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

Tha mi an-dràsta a' deisleachadh mu choinneamh cuairt Meanbh-chuileag na bliadhna sa, 's mi a' sgrìobhadh sgriobt airson dealbh-cluiche ùr aon-neach (le "Obair-beatha Crìochnachadh" mar thiotal-sealach) a bhios ag innse sgeulachd saighdear òg à Gairbh a dh'fhalbh dhan Fhraing aig àm a' Chogaidh Mhòir. Bidh mise agus Aonghas a' tadhal air sgoiltean (aig an aon àm ach ann an diofar sgìrean) leis an dealbh-cluiche ron t-samhradh. Bidh tionndadh Beurla air an rathad mar phàirt de phrògram sgoiltean Blas, is bidh sinn cuideachd ga chuairteachadh air sgoiltean Bhraghad Albainn.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh**

Alba

Ruigidh sinn an targaid seo gu fursta, eadar an Fhèis Dhràma, pròiseact nan àrd-sgoiltean, bùthan-obrach Blas is obair FilmG.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhail mi air 9 bun-sgoiltean rè seachdain Blas le Seonaidh a' Mhonaidh (ann am Beurla). Chunnaic mi timcheall air 230 duine-chloinne. Bidh dealbh-cluiche Meanbh-chuileag 2014 a' cuairteachadh sgoiltean Beurla as t-Sultain am-bliadhna

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Bidh sinn a' bruidhinn gu tric ri Brian, is bidh sinn a' cur thuige fios mus a h-uile rud a nì sinn.

Ainm	**Angus Macleod**
Dreuchd	**Drama Officer**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC6 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014

Bidh Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna-sa a' tilleadh gu Port Rìgh agus mar 's àbhaist tha e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois. Chaidh cinn-latha na Sgoile a stèidheachadh agus thèid a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014 aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh a ghabhadh a lìonadh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
Chaidh postairean agus agus bileagan le fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma a chur gu Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig aig toiseach a' Ghearrain.
Chaidh sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal, duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal.
Tadhalaidh Fèisean nan Gàidheal air àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig a' dèanamh sanasachd airson an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

Tha sinn air togail fhaighlnn leis an liuthad foirm-iarrtais a th' air a thighinn a-staigh mu-thràth, iarrtasan a thàinig a-steach fiùs mus deach fios a chur gu sgoiltean. Gu ruige seo tha 13 air tagradh air-loidhne a dhèanamh, 6 dhiubh sin a bha nan compàirtichean aig SSD2013.
'S e Dihaoine 4 Giblean an ceann-latha dùnaidh airson tagraichean. Thèid measadh a dhèanamh air a' cheann-latha seo ma tha àiteannan fhathast rim faotainn.

Chaidh Àrd-sgoil Phort Rìgh a ghlèidheadh mar àit' gus na clasaichean a chumail.
Chaidh àite fèin-solarachaidh a ghlèidheadh airson luchd-oide na Sgoile ann am meadhan bhaile Phort Rìgh.
Chaidh àite-fuirich airson compàirtichean na Sgoile a ghlèidheadh aig ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Chaidh an theatar aig Àros ann am Port Rìgh a ghlèidheadh fad latha Diardaoin 17 Iuchar airson na taisbeanaidhean aig compàirtichean na Sgoile Samhraidh Dràma agus Fèis Alba a thèid a chumail air an oidhche.
Chaidh Àros a ghlèidheadh air Disathairne 12 Iuchar cuideachd gus oidhche de dhràma Ghàidhlig a chumail mar a thachair le 'Dòrlach' an uiridh. Tha dealbhan-cluiche na h-oidhche seo fhathast ri dhearbhadh.

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta 2014

Thathar a' leasachadh planaichean an dràsta airson cuairt nàiseanta a mhaireas 5 seachdain san earrach 2014.

Meanbh- Chuileag - Gaelic Pantomime

Bha an turas den dealbh-chluich Nollaig aig Meanbh-chuileag 'Seasaidh agus Sgeul nan Sàilean Seunta' gu math soirbheachail le tidsearan, sgoilearan uile ga moladh.

Bha ceithrear cleasaichean san dealbh-chluich; Aonghas MacLeòid, Dougie Beck agus Shona Nic a' Mhaolein a tha ag obair aig Fèisean nan Gàidheal agus Eilidh Daniels a tha ag obair air a ceann fhèin mar chleasaiche.

Rè an turas a mhair 8 làithean agus anns an robh 17 taisbenaidhean, chunnaic 22 bun-sgoil an dealbh-chluich. A bharrachd air na sgoiltean chaidh dà thaisbeanadh coimhearsnachd a chumail a bha fosgailte don mhòr-shluaigh aig an Spectrum Centre, Inbhir Nis agus aig an Talla Mhòr, Sabhal Mòr Ostaig, Slèite.

Mar phàirt den turas fhuair Fèisean nan Gàidheal maoineachadh bho Iomairt Ghàidhlig Ìle agus Dhiùra gus an dealbh-chluich a thaisbeanadh don choimhearsnachd ann am Bun-sgoil a' Bhogha Mhòir. Chaidh blog a' sgriobhadh mun turas an seo: Iomairt Ghàidhlig Ìle agus Dhiùra

Tha Fèisean nan Gàidheal fada an comain Ionad Ioma-mheadhain aig Roinn Foghlam agus Seirbheisean Chloinne Chomhairle nan Eilean Siar airson an taic-airgead a fhuaras gus an turas a thoirt a-null a Leòdhas 's na Hearadh. Ri linn an taic sin, fhuair sgoilearan à Sgoil an t-Òib, Sgoil Sir E. Scott, Sgoil Steòrnabhaigh agus Sgoil Lacasdail cothrom an dealbh-chluich fhaicinn. Chaidh an taisbeanadh a bh'againn aig Talla Lacasdail fhiolmadh leis an Ionad Ioma-mheadhain gus cothrom a thoirt do sgoilearan eile san sgìre an dealbh-chluich fhaicinn agus gabhaidh an dealbh-chluich air fad fhaicinn air an làrach-lìn aig Comhairle nan Eilean Siar WWW E-STÒRAS Seasaidh agus Sgeul nan Sàilean Seunta aig Talla Lacasdail
Tha ceangal chun làrach ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

- Geamannan agus stuthan teagaisg Sgioba G iomchaidh air an ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt seachad do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

- Thèid fiosrachadh mun t-seirbheis aig Sgioba G ùrachadh, le fios mu na diofair dhòighean anns an gabhadh an t-seirbheis a lìbhreagadh agus na dòighean anns am faodadh Fèisean feum a dhèanamh àiste. Bidh am fiosrachadh seo ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Foghlam Tràth bhliadhnaichean – Sgeama Dearbhaidh
Tha mi ag obair air sgeama dearbhaidh stèidhte air pròg ram foghlam a tha ag amas air clann eadar 3 – 6 bliadhna a dh'aois.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Leasachadh Proifeiseanta

- Eden Court Creative - Às dèidh bruidhinn ri Kati Kozikowska a tha na manaidsear airson Eden Court Creative bhiodh fàilte orm fhèin agus Dougie Beck a bhith an làthair aig seiseanan trèanaidh iomchaidh sa chlàr-ama thrèanaidh luchd-obrach aig Eden Court Creative.
- Denvir Marketing - Thèid seisean trèanaidh ann am PR agus Margaidheachd air a lìbhreagadh le Denvir Marketing a chumail ann an Inbhir Nis air Dimàirt 4 Màrt.
- 'Youth Theatre Arts Scotland' Tha a' bhuidheann seo a' toirt seachad cothroman lionraidhean-obrach a leasachadh agus trèanadh fhaighinn tro 'Spark' – a tha na h-iomairt thrèanaidh sgìreil far am faighear trèanadh bho ur co-inbhich. Tha bùth-obrach gu bhith aig Spark ann an Inbhir Nis air 25 Gearran 2014 aig Eden Court.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

Sanasachd

- www.feisean.org
  Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma
- www.facebook.com/feisean
  A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal.
- A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal
- www.youtube.com/feiseannangaidheal
  A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangail ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn.
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal agus na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air

Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile thar nam blaidhnaichean air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court

Tro 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn leis an Fhèis Theatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblein 2013. B' e amas na Fèise theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' Bhòrd airson 2014. Thèid coinneamh a chumail le Eden Court sa Ghearran gus clàr-ama na pròiseict a chur air dòigh.
Bidh na buidhnean a ghabhas pàirt anns a' phròiseact ag obair a dh' ionnsaigh Fèis Theatar Òigridh a thèid a chumail air Diciadain 10 Sultain 2014 aig Eden Court.

Cànan: FilmG 2014

Tro chùmhnant a tha toirt taic do FilmG 2014, co-fharpais fiolmaichean ghoirid airson òigridh eadar 12 – 17, thug mi taic do na h-àrd-sgoiltean a leanas ann a bhith riochdachadh na fiolmaichean aca:
- Àrd-sgoil Phort Rìgh (2 seisean - Fiolmadh & Gearradh)
- Acadamaidh Allt na Muilne (4 seisean – Ro-radh/ Beachdan – Fiolmadh (2) - Gearradh)
- Acadamaidh Alanais (3 seisean – Ro-ràdh/ Beachdan – Fiolmadh - Gearradh)
- Acadamaidh Chuil Lodair (1 seisean – Ro-ràdh/ Beachdan)
- Àrd-sgoil Ulapuil (1 seisean - Gearradh)

An Sgoil Shamhraidh Dhràma – Chaidh dà fhiolm bhon Sgoil Shamhraidh Dhràma 2013 a chur a-steach don co-fharpais cuideachd.

Chaidh an geàrr-liosta airson duaisean FilmG fhoillseachadh aig toiseach a' Ghearrain agus chaidh Àrd-sgoil Ulapuil ainmeachadh 's a' gheàrr-liosta airson 'Film as Fheàrr' agus chaidh Àrd-sgoil Phort Rìgh ainmeachadh 's a' gheàrr-liosta airson 'Duais Cuspair FilmG'. Gheibhear a-mach co bhuannaicheas aig Cuirm nan Duaisean a thèid a chumail ann an Glaschu air 14 Màrt.

Fèis Dràma – Sabhal Mòr Ostaig

Chaidh iarraidh orm taic a thoirt seachad mar oidiche aig Fèis Dràma a thèid a chumail aig Àros ann am Port Rìgh eadar 3 – 8 Màrt.
Tron obair aige mar neach-ealain Dràma air Mhuinntireas aig Sabhal Mòr Ostaig, 's e seo an dàrna bliadhna tha Artair Donald air an Fhèis Dràma seo a chur air dòigh. Ag amas air muinntir an Eilein Sgitheanaich 's Loch Aillse, bheir an Fhèis cothrom do sgoilearan aig ìre bun-sgoil, ìre àrd-sgoil agus buidhnean dràma coimhearsnachd sgilean dràma ùra ionnsachadh agus cothrom dhaibh na sgilean sin a thaisbeanadh.

BnG9 20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014

Bidh Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna-sa a' tilleadh gu Port Rìgh agus mar 's àbhaist tha e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois. Chaidh cinn-latha na Sgoile a stèidheachadh agus thèid a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014 aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh a ghabhadh a lìonadh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
Chaidh postairean agus agus bileagan le fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma a chur gu Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig aig toiseach a' Ghearrain.
Chaidh sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal, duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal.
Tadhalaidh Fèisean nan Gàidheal air àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig a' dèanamh sanasachd airson an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

Tha sinn air togail fhaighlnn leis an liuthad foirm-iarrtais a th' air a thighinn a-staigh mu-thràth, iarrtasan a thàinig a-steach fiùs mus deach fios a chur gu sgoiltean. Gu ruige seo tha 13 air tagradh air-loidhne a dhèanamh, 6 dhiubh sin a bha nan compàirtichean aig SSD2013.
'S e Dihaoine 4 Giblean an ceann-latha dùnaidh airson tagraichean. Thèid measadh a dhèanamh air a' cheann-latha seo ma tha àiteannan fhathast rim faotainn.

Chaidh Àrd-sgoil Phort Rìgh a ghlèidheadh mar àit' gus na clasaichean a chumail.
Chaidh àite fèin-solarachaidh a ghlèidheadh airson luchd-oide na Sgoile ann am meadhan bhaile Phort Rìgh.
Chaidh àite-fuirich airson compàirtichean na Sgoile a ghlèidheadh aig ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Chaidh an theatar aig Àros ann am Port Rìgh a ghlèidheadh fad latha Diardaoin 17 Iuchar airson na taisbeanaidhean aig compàirtichean na Sgoile Samhraidh Dràma agus Fèis Alba a thèid a chumail air an oidhche.
Chaidh Àros a ghlèidheadh air Disathairne 12 Iuchar cuideachd gus oidhche de dhràma Ghàidhlig a chumail mar a thachair le 'Dòrlach' an uiridh. Tha dealbhan-cluiche na h-oidhche seo fhathast ri dhearbhadh.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Bidh mi a' toirt taic do Fèis Spè air Disathairne 22 Gearran le bhith a' toirt seachad bùthan-obrach dràma dhaibh.

BnG12 **80 bùiththean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court

Tro 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn leis an Fhèis Theatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblein 2013. B' e amas na Fèise theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' Bhòrd airson 2014. Thèid coinneamh a chumail le Eden Court sa Ghearran gus clàr-ama na pròiseict a chur air dòigh.
Bidh na buidhnean a ghabhas pàirt anns a' phròiseact ag obair a dh' ionnsaigh Fèis Theatar Òigridh a thèid a chumail air Diciadain 10 Sultain 2014 aig Eden Court.

Fèis Dràma Gàidhlig airson Bun-sgoiltean

Thathar a' beachdachadh air moladh gus Fèis Dràma ath-stèidheachadh do bhun-sgoiltean Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Nis, Siorrachd Rois, Inbhir Narainn agus Bàideanach. Bhiodh an Fhèis seo a' leantainn an aon seòrsa cruth aig an Fhèis Dhràma a tha Dougie Beck a tabhann do sgoiltean gach bliadhna ann an sgìre Loch Abar 's Earra-Ghàidheal. Thathar an dùil gum bi Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus taic a thoirt do sgoiltean a ghabhas pàirt ann agus cuirm thaisbeanaidh na Fèise a chur air dòigh.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG3 **An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556)**

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court

Tro 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn leis an Fhèis Theatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblein 2013. B' e amas na Fèise theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' Bhòrd airson 2014. Thèid coinneamh a chumail le Eden Court sa Ghearran gus clàr-ama na pròiseict a chur air dòigh.
Bidh na buidhnean a ghabhas pàirt anns a' phròiseact ag obair a dh' ionnsaigh Fèis Theatar Òigridh a thèid a chumail air Diciadain 10 Sultain 2014 aig Eden Court.

Fèis Dràma Gàidhlig airson Bun-sgoiltean

Thathar a' beachdachadh air moladh gus Fèis Dràma ath-stèidheachadh do bhun-sgoiltean Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Nis, Siorrachd Rois, Inbhir Narainn agus Bàideanach. Bhiodh an Fhèis seo a' leantainn an aon seòrsa cruth aig an Fhèis Dhràma a tha Dougie Beck a tabhann do sgoiltean gach bliadhna ann an sgìre Loch Abar 's Earra-Ghàidheal. Thathar an dùil gum bi Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus taic a thoirt do sgoiltean a ghabhas pàirt ann agus cuirm thaisbeanaidh na Fèise a chur air dòigh.

Fèis Dràma – Sabhal Mòr Ostaig

Chaidh iarraidh orm taic a thoirt seachad mar oidiche aig Fèis Dràma a thèid a chumail aig Àros ann am Port Rìgh eadar 3 – 8 Màrt.
Tron obair aige mar neach-ealain Dràma air Mhuinntireas aig Sabhal Mòr Ostaig, 's e seo an dàrna bliadhna tha Artair Donald air an Fhèis Dràma seo a chur air dòigh. Ag amas air muinntir an Eilein Sgitheanaich 's Loch Aillse, bheir an Fhèis cothrom do sgoilearan aig ìre bun-sgoil, ìre àrd-sgoil agus buidhnean dràma coimhearsnachd sgilean dràma ùra ionnsachadh agus cothrom dhaibh na sgilean sin a thaisbeanadh.

Cànan: FilmG 2014

Tro chùmhnant eadar Fèisean nan Gàidheal agus Cànan airson FilmG 2014, co-fharpais fiolmaichean ghoirid airson òigridh eadar 12 – 17, thug mi taic do na h-àrd-sgoiltean a leanas ann a bhith riochdachadh na fiolmaichean aca:

- Àrd-sgoil Phort Rìgh (2 seisean - Fiolmadh & Gearradh)
- Acadamaidh Allt na Muilne (4 seisean – Ro-radh/ Beachdan – Fiolmadh (2) - Gearradh)
- Acadamaidh Alanais (3 seisean – Ro-ràdh/ Beachdan – Fiolmadh - Gearradh)
- Acadamaidh Chuil Lodair (1 seisean – Ro-ràdh/ Beachdan)
- Àrd-sgoil Ulapuil (1 seisean - Gearradh)

An Sgoil Shamhraidh Dhràma – Chaidh dà fhiolm bhon Sgoil Shamhraidh Dhràma 2013 a chur a-steach don cho-fharpais cuideachd.

Chaidh an geàrr-liosta airson duaisean FilmG fhoillseachadh aig toiseach a' Ghearrain agus chaidh Àrd-sgoil Ulapuil ainmeachadh 's a' gheàrr-liosta airson 'Film as Fheàrr' agus chaidh Àrd-sgoil Phort Rìgh ainmeachadh 's a' gheàrr-liosta airson 'Duais Cuspair FilmG'. Gheibhear a-mach co bhuannaicheas aig Cuirm nan Duaisean a thèid a chumail ann an Glaschu air 14 Màrt.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

- Geamannan agus stuthan teagaisg Sgioba G iomchaidh air an ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt seachad do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

- Thèid fiosrachadh mun t-seirbheis aig Sgioba G ùrachadh, le fios mu na diofair dhòighean anns an gabhadh an t-seirbheis a lìbhreagadh agus na dòighean anns am faodadh Fèisean feum a dhèanamh àiste. Bidh am fiosrachadh seo ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.

Ainm	**Rachel Harris**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Nam dhreuchd mar Oifigear Leasachaidh na Gàidhealtachd bidh mi ag obair gu dlùth ri aon fhèis deug, a' toirt seachad taic agus comhairle le caochladh phròiseact. Bidh mi a' toirt taic a bharrachd dhan dà fhèis aig a tha a' gabhail pàirt anns an sgeama Cèilidh air Chuairt. Bidh mi ag aithris chùisean iomchaidh dham mhanaidsear mar a nochdas iad agus a co-comhairleachadh ris na co-obraichean mu dhòighean ùra gus taic a thoirt gu fèisean leis na tachartasan agus planaichean leudachaidh aca. Bidh mi a' lorg agus a' moladh poit airgid eile bho thaobh a-muigh na buidhne aig an dà chuid ìre nàiseanta agus ionadail dha na fèisean agam agus a' toirt taic riutha leis na h-iarrtasan seo.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich do na Fèisean san sgìre agam gus foirmichean-tagraidh a chur a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh gus taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach. Bho chionn ghoirid choinnich mi ris a h-uile fèis gus bruidhinn air na planaichean, beachdan leasachaidh is buidseatan aca airson na bliadhna ri thighinn is thug mi cuideachadh dhaibh le bhith cur seo a-staigh dha na h-iarrtasan aca do Sgeama Tabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2014-15. Bidh mi cuideachd a' moladh phoit-airgid iomchaidh eile dhaibh leithid an sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig agus an sgeama Trad Arts aig Iomairt Chiùil na h-Alba.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich dha na fèisean is iad a' cur nam planaichean Gàidhlig aca an gnìomh, m.e. taic le eadar-theangachadh airson stuth-sanasachd agus cuideachadh gus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig fhastadh. Bidh mi cuideachd ag obair còmhla ri luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal Aonghas MacLeòd agus Dougie Beck gus cuideachadh agus brosnachadh a thoirt dha na fèisean Sgioba-G a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan

tachartasan aca.

An-dràsda tha mi a' toirt cuideachadh do dh' Fhèis a' Bhealaich le bhith a' lorg agus a' cruthachadh ghoireasan foghlaim Gàidhlig airson a' Chlub Gàidhlig aca a tha ga chumail gach Diluain as dèidh dhan sgoil dùnadh. Tha mi cuideachd air taic a bharrachd a thoirt gu fèisean le stuth margaideachd dà-chànanach le bhith ga dhealbhadh is ga sgaoileadh agus bidh mi a' toirt taic cunbhalaiche dhan a h-uile fèis le eadar-theangachdh is gam brosnachadh a bhith a' tighinn thugam airson an taic seo cho tric 's a ghabhas.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu chothroman trèanaidh agus tachartasan air post-d, an làrach-lìn agus na meadhanan-sòisealta.

Tha mi ag obair leis an Oifigear Trèanaidh againn, Iona NicDhòmhnaill airson làithean trèanaidh ionadail a chur air dòigh airson nam Fèisean anns an sgìre agam ro dheireadh a' Ghearrain.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

An-dràsda tha mi fhèin agus am manaidsear agam ag obair air pròiseact ann an co-bhonn ris a' Chomann Camanachd a thogas air an iomlaid chulturach a bh' againn an uiridh le taic bho Cholmcille gus buidheann de luchd-ciùil Èireannach a thoirt a-nall a dh' Inbhir Nis a chluicheas aig a' chiad gheama dhen sreath iomain anns an Dàmhair. Thathar an dòchas am pròiseact a leudachadh am bliadhna gus am bi barrachd ùine aig na h-Èireannaich ann an Alba is iad a' cèilidh air sgoiltean agus a' dèanamh barrachd thaisbeanaidhean air an cuid ciùil. Bidh barrachd ùine aca cuideachd ris a' bhuidhinn Albannach is thèid aca taisbeanadh a dhèanamh air ceòl Gàidhealach na h-Èireann agus na h-Alba aig a' gheama iomain – a thèid a chraoladh air an telebhisean – agus aig tachartasan air iomall a' Mhòid Nàiseanta a bhios a' dol ann an Inbhir Nis air an aon t-seachdain.

Bidh Fèis Spè a' cur fàite air buidheann Èireannach eile aig deireadh an Ògmhios 2014 is Ceol Na Coille, sgoil chiùil eile à Dùn nan Gall, a' dèanamh air an Aghaidh Mhòir. Bithear a' toirt cuireadh gu compàirtichean a' Chèilidh air Chuairt 2013 a bha an sàs anns an turas a Leitir Cheannain ann an 2013 pàirt a ghabhail anns an phàirt seo dhen phròiseact. Bidh an dà bhuidheann stèidhichte ann am Bada a' Ghiùthais airson seachdain is iad a' gabhail pàirt ann am bùthan-obrach còmhla agus an uairsin a' cluich aig cuirmean-ciùil poblach air feadh na sgìre còmhla. Tha Fèis Spè cuideachd airson 's gun gabh an Còmhlan Òigridh aca pàirt anns na tachartasan seo cuideachd.

An-dràsda tha mi a' toirt taic ri Fèis Spè agus Fèis Chataibh gus agallamhan na Cèilidhean air Chuairt aca a chur air dòigh agus bidh mi an làthair air a' phanal aig gach fear dhiubh sin. Bidh mi toirt taic riutha le bhith cur nan tursan air dòigh, gu h-àraid Fèis Chataibh. Thèid an dà bhuidheann a-mach air turas anns an Iuchar is iad a' cluich air feadh Chataibh, Ghallaibh, Baideanach is Srath Spè is Siorrachd Pheairt. Thèid buidheann Fèis Spè a-mach air meanbh-thuras mu àm na Nollaig is iad an dòchas a bhith a' taisbeanadh an cuid sgilean aig Blas 2014 an cuide ris a' Chòmhlan Òigridh, an dà chuid mar chòmhlain-taice agus aig a' chuirm-ciùil *Ceòl nam Fèis.*

Tha mi a' brosnachadh gach fèis agam gus barrachd pàirt a ghabhail ann am Blas am bliadhna le bhith a' cluich an dà chuid mar chòmhlain-taice agus aig a' chuirm-taisbeanaidh *Ceòl nam Fèis.* Gu ruige seo tha Fèis Inbhir Narainn, Fèis na h-Òige, Fèis an Iar Thuath agus Fèis Spè air tighinn thugam ag ràdh gu bheil iad airson seo a dhèanamh agus ùidh aig feadhainn eile cuirm-ciùil Bhlais a ghabhail as làimh.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Bidh mi a' toirt taic do Bhlas mar a tha iomchaidh.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bidh mi a' toirt taic leantainneach do lìonradh nan Cèilidh air Chuairt le bhith a' cuideachadh mo cho-obraichean mar a tha iomchaidh. Bidh mi a' frithealadh agallamhan Fèis Spè agus Fèis Chataibh anns a' Ghearran agus anns a' Mhàrt agus bheir mi taic dhaibh na tursan fhèin a chur air dòigh. Tha mi an dòchas a bharrachd a bhith an sàs anns an trèanadh aca aig Fèis Alba san Iuchar.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha mi a' cumail orm le bhith a' toirt taic ri leasachaidhean nam fèisean le bhith a' conaltradh riutha gu cunbhalach, a' frithealadh choinneamhan planaidh agus a' tabhann comhairle air beachdan leasachaidh. M.E tha Fèis Mhoireibh

airson tachartas fa leth a chumail am bliadhna dha deugairean is mi gan cuideachadh le bhith a' co-òrdanachadh seo is ga shanasachd. Tha Fèis Inbhir Narainn air iarrtas soirbheachail a chur a-staigh gu Sgeama Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal gus pìobaireachd is feadan a chur ris na tachartasan àbhaisteach aca is iad air seo a chur ris a' phrìomh iarrtas aca gu sgeama Tabhartas Fèisean nan Gàidheal airson 2014-15. Tha Fèis a' Bhealach airson dà latha-ciùil agus aon latha ealain a bharrachd a chur air dòigh air a' Chomraich agus tha mi a' toirt taic riutha gus seo a thoirt gu buil.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Bidh mi ag obair ris an sgioba dhràma againn feuch an gabh iomairtean dràma Gàidhlig a stèidheachadh airson inbhich.

Tha Fèis an Iar Thuath air pileat a chur air dòigh ann an co-bhonn ri Ionad Trèanaidh an Iar Thuath is iad a' tairgse chlasaichean Gàidhlig do dh' inbhich an cois na fèise bliadhnaile aca. Tha iad an dòchas seo a dhèanamh a-rithist ann an 2015.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faicibh targaid AC17.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha mi a' toirt taic leantainneach do dh' Fhèis Spè gus tachartasan ùra a chur air dòigh ann an sgìre Pheairt agus Obar Dheathain, m.e. trì-làithean ciùil ann an sgoiltean timcheall air Braigh Mharr aig deireadh a' Mhàirt / toiseach a' Ghiblein.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faicibh targaid AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

Bidh mi ag obair gu dlùth ris na fèisean san sgìre agam gus àireamh chompàirteachan nam fèisean a ghleidheadh agus àrdachadh. Tha cuid mhath de na fèisean a-nis a' leasachadh thachartasan ùra gus feumlachdan nan compàirtichean a choilionadh mar a thèid na sgilean aca am feabhas. Tha dà thachartasan fa-near do dh' Fhèis Spè a tha ag amas air deugairean ann an S1-6, aon latha-ciùil sa Ghearran a bheir sùil mhionaideach air obair-còmhlan agus fear còmhnaidh ann am Bad a' Ghiuthais sa Mhàrt ann an co-bhonn ri Fèis Rois. Tha Fèis Chataibh cuideachd air tachartas còmhnaidh a chur air dòigh do dheugairean ann an S1-6 aig deireadh a' Ghearrain a' toirt prìomhachais air obair-còmhlain. Tha Fèis Mhoireibh airson tachartas fa-leth a chumail a dh' aona ghnothach do dheugairean agus tha mi gam brosnachadh gus seo a dhèanamh ann an co-bhonn ri Fèis Inbhir Narainn agus a' chòmhlan òigridh acasan. A bharrachd air a bhith a' tairsge oideachais iomchaidh a-rèir aois agus sgilean tha na tachartasan seo cuideachd a' brosnachadh cheanglaichean eadar fèisean fa-leth agus co-obrachadh ùr eadar luchd-ciùil òga à sgìrean eadar-dhealaichte.

Aig a' cheann eile tha fèisean eile leithid Fèis Inbhr Narainn agus Fèis Mhoireibh airson Fèis Bheag a chur ris na programman aca gus feumlachdan an fheadhainn bheaga a choilionadh.

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Bidh deich fèisean san sgire agamsa a tachairt ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Thathar a' brosnachadh nam fèisean gu lèir Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca. Bidh mi ag obair gu dlùth ris an sgioba leasachaidh gus taic a thoirt dha na fèisean le eadar-theangachadh, tachartasan Gàidhlig agus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig. Bho chionn ghoirid choinnich mi ris na fèisean agam gus taic a thoirt riutha ris na h-iarrtasan aca gu Sgeama Tabhartasan Fèisean nan Gàidheal is thug sinn sùil còmhla air na planaichean is gnìomhan Gàidhlig aca. A' leantainn bhon seo tha mi a-nis a' toirt taic a bharrachd do chuid aca le

stuth margaideachd dà-chànanach mar a tha iomchaidh agus ag ùrachadh nam planaichean Gàidhlig aca airson 2014-15 gus leasachaidhean agus amasan ùra sam bith a shealltainn. Tha cuid mhath de na fèisean a-nis ag aithneachadh na buannachdan le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart sna coimhearsnachdan aca is iad a' feuchainn ri brosnachadh a thoirt do bhuill chomataidh agus luchd-obrach saor-thoileach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh. Tha Fèis an Iar Thuath, mar eisimpleir, air fèill airson chlasaichean Gàidhlig do dh' inbhich aig ìre eadar-meadhanach a mhothachadh san sgìre aca. Tha iad air latha de chlasaichean a chur air dòigh an cois na prìomh-fhèis aca le taic-airgid bho Ionad Trèanaidh an Iar Thuath is bidh cuid bhon chomataidh an làthair aig seo a bharrachd air inbhich eile nach biodh an sàs ann an fhèis mar as àbhaist. A bharrachd air clasaichean aig ìre eadar-meadhanach bidh bùth-obrach beag ann cuideachd ciad car sa mhadainn gus blasad dhen chànain a thoirt gu pàrantan a tha a' toirt chloinne chun na fèise.

Ainm	**Shona Nic a' Mhaoilein**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

On thàinig na Fèisean anns an roinn agam gu crìoch tha mi air a bhith a' frithealadh choinneamhan gu cunbhalach aig gach fear gus taic a chumail riutha anns na planaichean agus na leasachaidhean a tha fainear dhaibh anns na mìosan a tha ri thighinn. Tha mi air coinneachadh ris na comataidhean gus foirmichean a lìonadh airson sgeama tabhartais nam Fèisean, a' tadhal orra anns na roinntean aca mar a bha comasach dhomh agus a' conaltradh riutha air am fòn no Skype nuair nach robh cothrom agam air a dhol thuca gu pearsanta. Tha Fèis Tìr a' Mhurain gu h-àraidh feumach air taic an-dràsta leis gu bheil cathraiche a' bhuidheann air fàgail agus tha iad a' tarraing còmhla gus dleastanasan a roinn eatarra. Tha Fèis Bharraigh airson clasaichean drama a chumail do dh'òigridh agus tha e fainear dhomh taic a thoirt dhaibh leis an seo mar a tha feum aca air. Bidh Fèis Tìr an Eòrna a' comharrachadh 25 bliadhna agus tha iad an dùil cèilidh sònraichte a chumail, agus tha Fèis Eilean na Hearadh cuideachd airson cèilidh a bhith aca le Art MhicCarmaig agus Blair Douglas agus tha mi a' feuchainn ri seo a chur air dòigh. Tha Fèis Eilean an Fhraoich airson ceangal a dhèanamh le sgoilearan ann an Arcaibh agus Sealtainn an dèidh dha co-labhairt soirbheachail a bhith aca san t-Sultain far an robh Faram a' cluich. Bhris mi m' adhbrann o chionn ceithir seachdain agus mar sin chan eil e air a bhith comasach dhomh siubhal, ach tha m' àireamh fòn aig a h-uile duine agus tha mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith ann nuair a tha feum aca orm.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho diofar thobraichean maoineachaidh**

Tha mi an dùil taic leantainneach a thoirt do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chur a-steach airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach i.e. Awards For All, Alba Chruthachail (YMI) agus Tradition Arts Fund le EMS. Tha na Fèisean agam uile air fòirm a lìonadh agus a chur a-steach airson sgeama tabhartais nam Fèisean agus tha iad seo a-nis air a dhol chun phrìomh oifis. Lìon mi foirm Taic Freumhan Coimhearsnachd dha Fèis Bharraigh, a tha a' sireadh taic-airgid airson pròiseact a chumail do dheugairean na sgìre. Tha mi a' dol a thoirt sùil air fòirm a lìonadh dhaibh cuideachd airson sreath de thachartasan a chumail thairis air iomadh deireadh-sheachdain agus gheibh mi a-mach cò an tobair maoineachaidh a bu fhreagarraich airson seo.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Nuair a bhios na Fèisean a' lìonadh fòirm sgeama tabhartais thèid faighneachd dhaibh a bheil poileasaidh Gàidhig aca no ma tha iad airson a leasachadh agus tuilleadh a chur ris. Bidh mi a' toirt taic dhaibh le bhith a' dèanamh seo, a' toirt comhairle dhaibh air na chuireas iad dhan phoileasaidh agus ciamar as fhèarr a gheibh iad air na h-amasan a choileanadh. Mar as trice le foirmichean-tagraidh bidh iad ag iarraidh poileasaidh Gàidhlig fhaicinn agus bidh mi a' cuideachadh na Fèisean leis an seo gus cothrom nas fheàrr a thoirt dhaibh maoineachadh fhaighinn.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

An uiridh bha tachartas aig Fèis Bharraigh airson deugairean agus tha iad airson seo a dhèanamh a-rithist. Lìon mi fòirm-tagraidh dhaibh airson Taic Freumhan Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig a' sireadh maoineachadh airson iomadh diofar rud. Tha iad an dùil seòladh-clàir a dhèanamh a tha glè chosgail, a bharrachd air turas iasgaich, clasaichean còcaireachd, seisean obair-buidhne le ceòladairean agus turas chun na tràghad ma tha an t-aimsir math gu leòr. Gheibh iad turas chun a' chroit gus faighinn a-mach mu seann dhòighean agus cultar Bharraigh. Bheir seo cothrom dha na deugairean tachartas a bhith aca dhaibh fhèin, oir cha bhi mòran a' frithealadh na prìomh Fèise tuilleadh, agus iad den bheachd gu bheil iad ro aost a-nis.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh mi tric ann an conaltradh le Iona, oifigear trèanaidh agus poileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal, gus cothroman trèanaidh a chur air dòigh airson na Fèisean anns an roinn agam. O chionn ghoirid fhuair dithis aig Fèis Taigh Dhonnchaidh agus Fèis Eilean na Hearadh trèanadh ann an Dion Cloinne air am fòn. Tha mi air a bhith ag innse dha na Fèisean agam mu chothroman trèanaidh ann an Sabhal Mòr Ostaig airson luchd-teagaisg sa Ghearran, agus bidh mi a' faighneachd dhaibh gu cunbhalach ma tha trèanadh eile a dhìth orra.

AC25 **A cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Feumaidh gach duine a bhios a' teagasg aig an Fhèis ri PVG a chur a-steach a rèir an lagh. Bha trioblaidean aig gach Fèis an uiridh le daoine nach robh gan cur a-steach ann an tide gu leòr agus bha seo ag adhbharachadh trioblaidean mòra dhaibh uile. Tha mi air a bhith a' cur nan cuimhne mar tha gum feum liostaichean den luchd-teagaisg a bhith again còrr is sia seachdain ro thoiseach na Fèise gus am faigh Sandy Grey, an oifigear dìon cloinne aig Fèisean nan Gàidheal, air na h-ainmean aca a chur dhan siostam agus fòirmichean a chur a-mach mar a tha iomchaidh. Bidh mi ann an conaltradh le Iona NicDhòmhnaill airson trèanadh a chur air dòigh airson duine sam bith a thèid dhan phost den oifgear dìon cloinne a dh'fheumas a bhith aig gach Fèis.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Bidh mi ag obair ann an oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an Steòrnabhagh agus bidh mi a' toirt taic dhaibh bho àm gu àm nuair a bhios feum aca air cuideigin a bharrachd, a' freagairt am fòn agus a' cuideachadh nuair a bhios daoine a' tighinn a-steach airson coimhead ris na leabhraichean agus na CDs.

BnG 10 **Taic a thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do 11 Fèis anns na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach:
Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis an Rubha, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Tìr an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Bharraigh, Fèis Thròndairnis, Fèis an Earraich agus Fèis Ratharsair.
Chan eil mi air guth a chluinntin fhathast ma tha Fèis Ratharsair a' ruith ach bidh mi a' feuchainn tric.

Ainm	**Vicky NicIlleathain**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Tha mi fiachainn ri bhith ann an conaltradh leis na Fèisean agam gu math tric air am fòn, no post-dealain agus bidh mi cuideachd a' dol dhan coinneamhan aca gus taic a thoirt dhaibh. Ged nach do thachair mòran pròiseactan tron na mìosan Geamhraidh, tha mi air a bhith a' cuideachadh na fèisean agam gus na foirmeachain maoineachadidh a lionadh a-staigh. A bharrachd air a sin, fhuair sinn an cothrom plannadh a dhèanamh agus a' coimhead air adhart air a' bhliadhna a tha romhainn. Tha seo uabhasach fhèin feumail dhuinn agus 's urrainn dhuinn toiseachadh air iarrtaisean a chuir a-staigh son barrachd airgead maoineachadh ma bhios feum air. Mar eisimplier, tha mi ag obair còmhla ri Fèis Òigridh na Mara an dràsda air sgàth gu bheil iarrtais ann clasaichean obair-bhuidhnean a

thòiseachadh sa sgìre. 'S ann bho Fèis nan Deugairean a ghabh àite anns an t-Sàmhainn a thàinig am beachd seo. Bha e foilleseachd an uair sin bha tàlant mòr aig muinntir òg Mhàlaig agus tha mi fhìn is Fèis Òigridh na Mara airson an tàlant seo a leasachadh agus an cothrom a thoirt dhan fheudhainn òga. Ma tha sinn soirbheachail leis an pròiseact seo 's dòcha gum bi còmhlan-cèilidh air leth ann am Malaig a ceartuair!!

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh.**

Tha mi air a bhith gu mòr an sàs le Fèis Eige agus a' chomtaidh ùr. Air sgàth nach do thachair Fèis Eige an-uiridh agus tha buidheann ùr air a' chomtaidh tha tòrr ann ri dhèanamh. Tha'd air a bhith ann an conaltradh rium uabhasach fhèin tric agus tha e a' cordadh rium a bhith ag obair gu math fàisg riutha. Tha mi den bheachd gu bheil e gu math cudromach a bhith a' cumail gan brosnachadh agus tha mi 'n dòchas gun toir sin began misneachd dhaibh. Chuir mi air dòigh treanadh dìon cloinne le Iona MacDonald airson an Fhèis seo agus bidh mi a' leanntainn gus taic a thoirt dhaibh san àm ri teachd.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Tha mi mar-tha air tòiseachadh le bhith ag ullachadh son Fèisean Lochabair Cèilidh air chuairt 2014 agus tha mi air iarrtasan fhaighinn a-staigh. 'S e cothrom math dha-rìrbh a tha seo dhan chlann gus na sgilean ciùil a leasachadh agus a bharrachd air a sin bidh iad a' faighinn an cothrom a bhith cluiche ann an diofar tachartasan is dannsaichean.

Bidh na Geamaichean Co-fhlàitheas a tighinn a Ghlaschu am bliadhna cuideachd agus 's e cothrom mòr a tha seo gus na sgilean aig Fèis Ghlaschu a thàisbeanadh. Tha mi 'n dòchas obrachadh le Fèis Ghlaschu air a seo, a' gabhail an cothrom fhad sa a tha e ann.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha mi an sàs anns an Iomairt ann an Lochabair agus Glaschu agus bidh mi fiachainn ri bhith aig a h-uile coinneamh a tha gabhail àite. Tha mi ag obair le Joanne McHale, à Bord na Gàidhlig an dràsda agus tha sinn dol a chuir Fèis Teughlaich air dòigh anns a' Cheitean. Tha sinn 'n dòchas na ceangalan a th' againn leis na parantan a leasachadh agus 's e cothrom a th' ann àire parantan a chuir dhan sgoil Ghàidhlig a tha gu bhith anns a' Ghearasdan.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Tha am fiosrachadh air fad a th' agam mu luchd-ciùil a' dol chun an Oifigeir Dìon-chloinne co-dhiù 4 seachdainean ron tachartas. Rinn Fèis Eige agus Fèis Innis an Uillt trèanadh le Iona MacDonald bho choinn greis ann an Dìon Chloinne.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna.**

Bidh mi gu tric a' dol gu coinneamh na h-Iomairt ann an Loch Abar agus ann an Glaschu. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an oifigear Iomairt ann an Loch Abar air pròiseactan airson Gàidhlig a leasachadh sa choimhearsnachd. Tha na geamaichean Co-Fhlàitheas gu bhith ann an Glaschu am bliadhna agus bidh seo na cothrom miorbhallach do Fhèis Ghlaschu na sgilean aca a thàisbeanadh. A bharrachd air a sin bidh e math dha-rìrbh Gàidhlig a chuir air adhart sa bhaile mhòr. Tha mi dol ag obair còmhla ris an Iomairt ann an Glaschu gus Gàidhlig a ghlèidheadh.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha mi a' toirt taic do ochd diofar Fèisean ann an Alba

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair
- Fèis Gleann Albainn
- Fèis Ghlaschu
- Fèis Lannraig a Tuath
- Fèis Innis an Uillt

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.

Tha mi a' toirt taic do chòig Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair
- Fèis Gleann Albainn

CnG6 Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean.

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh an Sgioba-G aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil faireachdainn nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Fèis Eige ag iarraidh cuideachadh a thaobh na Gàidhlig aig an Fhèis aca agus tha mise a’ moladh Sgioba-G dhaibh air sgàth gu bheil e gu math sporsail agus bidh a’ chlann ag ionnsachadh agus a’ cleachdadh Gàidhlig gun fhios dhaibh!

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org